



Ó Siadhail, Marcas (2018) *Rannsachadh coimeasach air na h-aithrisean a rinn na h-eileanaich air trèigsinn nan eileanan ann an Èirinn agus ann an Alba anns an fhicheadamh linn*. MRes thesis.

<https://theses.gla.ac.uk/30840/>

Copyright and moral rights for this work are retained by the author

A copy can be downloaded for personal non-commercial research or study, without prior permission or charge

This work cannot be reproduced or quoted extensively from without first obtaining permission in writing from the author

The content must not be changed in any way or sold commercially in any format or medium without the formal permission of the author

When referring to this work, full bibliographic details including the author, title, awarding institution and date of the thesis must be given

Enlighten: Theses

<https://theses.gla.ac.uk/>
research-enlighten@glasgow.ac.uk

Rannsachadh coimeasach air na h-aithrisean a rinn na h-eileanaich air trèigsinn nan eileanan ann an Èirinn agus ann an Alba anns an fhicheadamh linn.

Marcas Ó Siadhail

28/08/2017

M.Res

Sgoil nan Daonnachdan

Colaiste nan Ealain

Oilthigh Ghlaschu

Gearr-chunntas

Tha an rannsachadh coimeasach seo a' toirt iomraidh air na h-aithrisean a rinn na h-eileanaich air trèigsinn nan eileanan ann an Èirinn agus ann an Alba anns an fhicheadamh linn. Tha an rannsachadh a' dèiligeadh ris an ùine ron trèigsinn, crìonadh a' phobaill, eilthireachd eachdraidheil agus na h-adhbharan gun robh feum air fàgail. An uair sin tha an rannsachadh a' measadh na buaidhe a bha aig an imrich air na h-eileanaich. Tha an rannsachadh a' cleachdadh measgachaidh do thùsan bhon bheul-aithris agus sgrìobhadh foillsichte. Tha e mar amas aig an rannsachadh seo an ceangal eadar eachdraidh eileanan na h-Èireann agus na h-Alba a nochdadh agus a leasachadh. Bheirear sùil gu sònraichte air guth nan eileanach fhèin.

Clàr

Geàrr-chunntas	2
Clàr	3
Ro-ràdh	4
Amas	12
Structar	16
Lèirmheas Litreachais	18
Pàirt 1: Saoghal nan Eilean	21
1.1. Bun-structar anns na h-Eileanan	22
1.2. Ìre Dòigh-Bheatha	28
1.3. Prìosanaich air an Eilean anns a' Gheamhradh	33
1.4. Eilthireachd Eachdraidheil	37
Pàirt 2: Fàgail nan Eileanan	46
2.1. Crìonadh a' Phobaill	47
2.2: An Fhàgail agus Ceist an Riaghaltais	58
Pàirt 3: Às Dèidh na Fàgaile	74
3.1. Cuimhne nan Eileanach	74
Co-dhùnadh	83
Leabhar-chlàr	86

Ro-ràdh

Thèid coimeas a dhèanamh air aithrisean nan eileanach air trèigsinn nan eileanan ann an Alba 's ann an Èirinn anns an fhicheadamh linn. Tha eachdraidh an dà dhùthaich ceangailte agus coltach ann an iomadh dòigh ged a tha taobhan eadar-dhealaichte aca cuideachd.

Mar thoradh air “*the Cromwellian savagery of the 1650s*” ann an Èirinn agus “*the pacification following the 1745 rebellion*” ann an Alba (MacKay, 1996, 141) bha an suidheachadh anns an dà dhùthaich air an tuath fhàgail le “*a similar legacy of a rural population over-concentrated on poor land, and subject to an alien, or alienated, stratum of land-owners*” (MacKay, 1996, 141).

Ann an eachdraidh na h-Èireann, 's e A' Ghort Mhòr, a thachair ann am meadhan an 19mh linn, an rud a b' ainmeile, tachartas a tha fhathast a' toirt buaidh air aighe phoball na h-Èireann. Mar thoradh air A' Ghoirt Mhòir bha tuiteam cunbhalach ann an àireamh-shluaigh na dùthcha air feadh nas motha na ceud bliadhna as dèidh sin (Guinnane, 1997, 3).

Ged a bha gort cumanta ann an Alba tron 19mh linn, b' iad Na Fuadaichean a tha air a' bhuidh a bu mhò a thoirt air aighe phoball na h-Alba. Ged a chaidh daoine air feadh Alba a chur bhon fhearann aca, 's iad na tachartasan sa Ghàidhealtachd as ainmeile, leis gu robh na Gàidheil:

subject to agrarian change, industrial development, religious unification, anglicisation through education, and to a whole suite of policies of improvement geared towards the transformation of Highland society and culture (Withers, 1988, xii).

Mar thoradh air na leasachaidhean seo, chaidh tòrr a chur bhon fhearann aca tron 19mh agus 20mh linn:

Throughout the Highlands region there was a deliberate policy by landowners to rid the area of surplus population, but once this

pattern of out-movement was established it became self-perpetuating with districts becoming linked to specific destinations (Brock, 1992, 111).

Dh'fhàg seo suidheachadh far an do dh'fhàg tòrr agus dh'fhàs mì-thoileachas dhaibhsan a bha air fuireachd. Mhair na Fuadaichean ann an aigne a' phobaill ach 's ann tro ealain na h-Alba a thachair an leasachadh bu mhotha orra gu h-àraid anns an darna leth dhan fhicheadamh linn:

A series of best-selling books... together with the impact of such theatrical works as ...The Cheviot, the Stag and the Black, Black oil, have created an indelible impression on the popular interpretation of the great Highland exodus of the eighteenth and nineteenth centuries (Devine, 1992, 84).

Bha an tuath air a bhith a' fulang le siostam sheilbheadaireachd fearainn mì-chothromach agus dh'fhàs am mì-thoileachas gu Strì an Fhearainn anns an dà dhùthaich san dàrna leth dhan 19mh linn. Ach aig an aon àm bha cùisean a' fàs rud beag nas fheàrr cuideachd:

In the 1860s and 1870s the crofting communities of the North-west [of Scotland] experienced two decades of relative stability which ... raised expectations of greater prosperity which were not thereafter fulfilled. (Brock, 1992, 110).

Bha sgaradh soilleir a' fàs eadar gluaiseachd anns an dà dhùthaich agus b' ann mu thimcheall 1870 a bha seo ri fhaicinn. Bha tachartasan ann an Èirinn air atharrachadh na bu luaithe agus na bu throm-chùisiche (MacKay, 1996, 142).

Ann an Èirinn, anns na 1870an co-dhiù, bha ceist an Fhearainn ceangailte ri ceist an fhèin-riaghlaidh: *'By the late 1870s the Irish land question had evolved into the question of home rule, but it continued to reflect agrarian values'* (Breathnach, 2005, 19). Bha buaidh neo-shuarach aig tachartasan ann an Èirinn air suidheachadh na h-Alba agus bha Dionnasg an Fhearainn stèidhichte air Conradh na Talún. Ach cha robh Dionnasg an Fhearainn buileach cho soirbheachail ris a' ghluaiseachd ann an Èirinn: *'The Highland land movement was parochial; indeed, attempts to link it to the wider political concerns were a significant cause of decline*

of the Crofters' movement' (Cameron, 1996, 199). Bha toradh aig an cuid obrach oir chaidh Bòrd nan Sgìrean Dòmhaile a stèidheachadh ann an Èirinn ann an 1891 agus bòrd coltach ris ann an 1897 ann an Alba. B' e leasachadh nan sgìrean dòmhail am prìomh amas a bha aig a' Bhòrd (Breathnach, 2005, 11).

Chaidh an dà dhùthaich air slighe eadar-dhealaichte tron fhicheadamh linn, le stèidheachadh Saor-stàit na h-Èireann mar eisimpleir, fhad 's a dh'fhuirich Alba mar phàirt dhe Bhreatainn. Ach aig an aon àm bha eilthireachd mar phàirt mhòr dhen dà dhùthaich san dàrna leth dhan 19mh linn. A-rèir Barnes bha ìre eilthireachd de 4% tomadach am measg dùthchannan na h-Eòrpa aig an àm. Bha Èirinn agus Alba na b' àirde na 4% anns gach deichead bho 1851 gu 1910 (Baines, 1985, 10).

	1851-60	1861-70	1871-80	1881-90	1891-00	1901-10	1913
Èirinn	14.0	14.6	6.6	14.2	8.9	7.0	6.8
Alba	5.0	4.6	4.7	7.1	4.4	9.9	14.4

Figear 1: (Baines, 1985, 10)


Bha seo na b' àirde na ann an dùthaich sam bith eile san Roinn Eòrpa, a bharrachd air an Nirribhidh a bha aig ìre coltach ri Alba. Chan eil àireamhan de dh'Albannaich a chaidh gu Sasainn mar phàirt de na h-àireamhan sin cuideachd, mar sin dh'fhaodadh na figearan a bhith fiù na b' àirde (Devine, 1992, 2). Bha eilthireachd mar phàirt den t-saoghal ron ùine seo ach cha robh an ìre eilthireachd faisg air ìrean an dàrna leth den 19mh linn (Baines, 1985, 11). Thathar den bheachd gum b' e fear de na h-adhbharan gun robh an ìre fhathast cho àrd sna h-ochdadan ann an Èirinn a chionn 's nach robh ionad gnìomhachais leasaichte ann an Èirinn aig an àm (Baines, 1985, 213). Bha an suidheachadh gu tur eadar-dhealaichte ann an Alba, a bha air an treasamh dùthaich a bu leasaichte a thaobh gnìomhachais anns an Roinn Eòrpa, ged a bha àireamhan eilthireachd na h-Alba fhathast a' fàs. A rèir Devine, fear do na h-adhbharan mòra a bha eilthireachd bho Alba a' fàs b' e a chionn 's gun

robh poball na h-Alba, an coimeas ri dùthchannan eile na h-Eòrpa, air tòrr imrich a dhèanamh taobh a-staigh na dùthcha (1992, 8). Bha poball na h-Alba air a bhith a' gluasad gu bailtean-mòra co-dhiù, mar sin cha robh e doirbh dhaibh dol thall thairis a' sireadh chothroman (Devine, 1992, 8).

Mar sin, aig toiseach an fhicheadamh linn, bha piseach, gu ìre, air tighinn air suidheachadh nan croitearan 's nan tuathanach a bha air fuireachd. Bha iad air reachdas fhaighinn a bha toirt dìona dhaibh tro leithid '*Irish Land Act 1870*' ann an Èirinn agus *Crofter's Holdings Act, 1886* ann an Alba. Bha na h-eileanaich an dùil ri piseach nam beatha oir gun robh reachdas a-nis gan dìon. Ach bha mì-chinnt fhathast nam measg mu na bha romhpa. Bha ìre imriche fhathast a' fàs ann an Alba, mar a chithear bho Fhigear 1 (gu h-àrd), ged a bha e air tuiteam ann an Èirinn, agus bha ìre imriche nan eileanan nas àirde na mar a bha cùisean air a' mhòr-thìr: '*the figures obtained for some of the islands were even more striking, for many of them had exceptionally heavy flows, and all had higher rates of migration than the corresponding areas of the mainland*' (Flinn, 1977, 477).

Bha an ìre imrich uamhasach àrd anns na 1920an: '*The 1920s remains the only period since records began when Scotland's actual population has declined absolutely between census, as the numbers leaving ... outstripped the natural increase*' (Harper, 2011, 167). B' iad na bàtaichean imriche an ìomhaigh a b' ainmeile bhon ùine seo: '*On Sunday 15 April [1923], the Marloch left Lochboisdale with 280 emigrants from Benbecula, South Uist, Barra and Vatersay, bound for Alberta, and six days later the Metagama embarked 315 Hebrideans, all but fifteen from Lewis, for Ontario*' (Harper, 2011, 167).

'S ann sa cho-theacs seo a tha an rannsachadh a' sgrùdadh Hiort agus Miughalaigh ann an Alba agus a' Bhlascaod agus Gabhla ann an Èirinn, le corra iomradh air Sgarp, Sòaigh agus Oileán na gCapall.



Figear 2: Eileanan na h-Alba: Mapa bho OS OpenData, ‘GB Overview’, Tionndadh 12/2014

Tha na h-eileanan uile suidhichte air costa an iar na h-Alba no na h-Èireann, dà sgìre a bha gu traidiseanta nan sgìrean mì-leasaichte:

In the British Isles the causal relationship between insularity and socio-economic decline is difficult to assess, as the majority of inhabited islands lie off the north-western coasts and thus have long standing economic and social problems (Aalen, 1969, xii).

Chaidh gach eilean san rannsachadh seo a thrèigsinn tron fhicheadamh linn. ’S ann air Eilean Mhiughalaigh a thachair an trèigsinn a bu thràithe. Bho 1901 gu 1911 thuit an àireamh-shluaigh bho 135 gu 11. Air Sgarp, dh’fhuirich daoine gu ruige 1971 ged a bha a’ mhòr-chuid dhen phoball air falbh anns na caogadan. Air eilean Ghabhla bha fhathast 131 duine a’ fuireachd ann ann an 1951 agus b’ e Gabhla fear de na h-eileanan leis an àireamh-phobaill a b’ fhallaine . ’S e Eilean Ghabhla an t-aon eilean far nach robh am poball air falbh no tuiteam susbainteach air tachairt sa cheud bliadhna bho 1851 gu 1951. Thèid sgrùdadh a bharrachd a dhèanamh sna caibideilean rin tighinn. Tha e soilleir bhon fhianais mu Hiort gun robh am poball a’ strì gun tòrr atharrachaidh bho 1861 gu


1921. Eucoltach ri seo, anns a' Bhlascaod thàinig fàs air an àireamh-sluaigh aig toiseach an fhicheadamh linn agus b' ann an ùine na Saor-stàite a thòisich an tuiteam. Tha cunntas Sòaigh gu math àbhaisteach a thaobh eileanan na h-Alba, àireamh àrd ann an 1851 agus an sin tuiteam cunbhalach. Ann an eachdraidh Oileán na gCapall bha iad a' stri fad an eachdraidh airson fuireach. Cha robh barrachd air 20 air an eilean fad ceud bliadhna.



Figear 3: Èirinn; *Ordinance Survey data © Crown copyright and database right 2010-12*



Figear 3A: Dún nan Gall: *Ordnance Survey data* © Crown copyright and database right 2010-12.



Figear 3B: Ciarraí: *Ordnance Survey data* © Crown copyright and database right 2010-12

	Hiort	Miughalaigh	Sòaigh	Sgarp	A' Bhlascaod	Gabhla	Oileán na gCapall
1851	110		158	145	97	143	20
1861	78	139	129	151	95	165	17
1871	71	141	120	156	130	96	13
1881	77	150	102	213	136	107	13
1891	71	142	93	143	132	131	12
1901	70	135	76	160	145	142	13
1911	80	11	57	154	160	169	17
1921	73	4	51	141			
1926					143	168	19
1931	0	3	64	95			
1936					110	139	16
1941		0	30	74			
1946					45	132	14
1951			11	46	27	131	13
1956					0	125	12
1961			5	12		93	0
1966						43	
1971			0	2		0	
1981				0			

Crown copyright. Data supplied by National Records of Scotland & Copyright CSO 2014.

Figear 4: Àireamh an t-Sluaigh bho Chunntasan-Sluaigh Bhreatainn agus na h-Èireann

Amas

Tha an tràchdas seo ag amas air coimeas a dhèanamh eadar trèigsinn eileanan na h-Alba agus eileanan na h-Èireann anns an fhicheadamh linn. 'S e fèin-fhiosrachadh phoball Gàidhealach eileanan na h-Alba agus na h-Èireann a tha aig cridhe an rannsachaidh seo. Tha rannsachadh air trèigsinn nan Eilean ann an Èirinn agus ann an Alba gu h-àbhaisteach air a sgaradh air loidhnichean poileataigs an dà dhùthaich mar a tha iad ann an 2017. Tha an rannsachadh seo gan ceangal air bonn cultarail agus a' coimhead air fèin-fhiosrachadh an dà bhuidheann eileanach. Chan e sgrùdadh a-mhàin a tha an rannsachadh seo a' dèanamh ach a' feuchainn ri prìomhachas a thoirt do ghuth nan eileanach fhèin mar a chluinnear ann an tùsan.

Tha an rannsachadh seo an dùil am beàrn eadar eachdraidh sgrìobhte Ghàidheil na h-Èireann agus na h-Alba a sgrùdadh. Tha rannsachadh air a bhith ga dhèanamh mu fhàgail nan eileanan, eilean air eilean no mar bhuidheann, ach chan eil mòran ann a' ceangal trèigsinn eileanan an dà dhùthaich ged a bha tòrr choltasan eadar suidheachadh an dà phobaill. Gheibhear tòrr aithrisean air imrich bho na h-eileanan ann an rannsachadh na h-Alba; tha nas lugha ann bho Èirinn, oir chan eil an uimhir de dh'eileanan ann an Èirinn, ach tha rannsachadh fhathast ann. Cha deach mòran a sgrìobhadh gan nasgadh. Ge-tà 's ann mu eileanan na h-Alba no eileanan na h-Èireann a-mhàin a tha an rannsachadh eile ged a bha an dà bhuidheann eileanach ceangailte ann an iomadh dòigh mar a chithear.

Tha an rannsachadh seo a' freagairt riatanais oir gu bheil eachdraidh an dà dhùthaich cho ceangailte ri snaidhm, ach nach eil rannsachadh ceart coimeasach air a dhèanamh air eachdraidh nan Gàidheal anns an dà dhùthaich.

'S ann air costa an iar Alba 's Èireann a tha gach eilean anns an tràchdas seo. Bha eileanan an rannsachaidh ceangailte ann an seagh a thaobh

cànan ‘s cultair agus nuair a thrèigeadh na h-eileanan seo bha na poballan uile gu ìre aon-chànanach ann an dùthaich a bha gu ìre aon-chànanach, ann an cànan eile. Is gann a gheibhear iomradh air eachdraidh nan Gàidheal ann an cànan nan Gàidheal fhèin.

Tha an rannsachadh seo stèidhichte ann an dòigh air an deagh obair a tha Aisling Nic Dhonnchadha agus Máirín Nic Eoin air dèanamh le *Ar an gCoigríoch: Díolaim Litríochta ar scéal na hImirce* (2008). Sa chruinneachadh de chunntasan ‘s iad na daoine fhèin a tha air an riochdachadh. Tha an rannsachadh sin a’ toirt prìomhachais do na h-eileanaich fhèin agus a’ cur cuideam air na rinn iad an àite air na thachair dhaibh. Tha an aon dòigh-obrach aig Lisa Storey ann an *Muinntir Mhiughalaigh* (2007). Tha an rannsachadh seo a’ feuchainn ri leasachadh a dhèanamh air an dàimh sin eadar eachdraidh a’ phobail agus eòlas acadaimigeach.

Tha sgeul Hiort na dheagh eisimpleir de cho gann ‘s a tha guth a’ phobail sna tùsan eachdraidheil againn. ‘S e Làrach Nàdar ‘s Dualchais na Cruinne agus Làrach Chultar na Cruinne a th’ ann an Hiort. Tha nas motha na 700 tùs air fhoillseachadh mu dheidhinn an eilein ainmeil seo (Mac Aulay, 2011, 35) ach chan eil Meek (2011, 91) eòlach ach air aon leabhar a chaidh a sgrìobhadh mu Hiort ann an Gàidhlig. Chan eil guth nan eileanach a’ nochdadh tòrr na bu trice ann an Beurla nas motha. A bharrachd air dà leabhar a chaidh fhoillseachadh ann an 2010, agus agallamhan le muinntir Hiort annta, cha deach càil fhoillseachadh. B’ e sgeul mhuinntir Hiort a bh’ ann ach chan eil muinntir Hiort fhèin ri cluinntinn.

Tha an rannsachadh an dùil urram air leth a thoirt do ghuth phoball a’ chuspair tro bhith a’ cur cuideam air guthan nan eileanach.

Thaghadh seachd eileanan an iomlan le cinnteachadh gun robh sealladh farsaing air suidheachaidhean eadar-dhealaichte ann. Bha duilgheadasan eadar-dhealaichte aig na h-eileanan diofraichte mar a bhiodh dùil. Tha rud sònraichte aig gach eilean a tha a’ cur ri neart an rannsachaidh, a tha a’ cuideachadh ris a’ choimeas agus a’ nochdadh eòlais air feart air leth.

Thèid prìomh choimeas a dhèanamh eadar Hiort agus a' Bhlascaod, agus Miughalaigh agus Gabhla. Air uairean thèid Sgarp, Sòaigh agus Oileán na gCapall a chleachdadh gus puing a dhaingneachadh.

Gun teagamh sam bith, anns an dà dhùthaich is iad Hiort 's a' Bhlascaod Mhòr an dà eilean as ainmeile a chaidh a thrèigsinn. Dh'fhàg an t-eileanach mu dheireadh Hiort ann an 1930 agus a' Bhlascaod ann an 1953. Dh'fhàg a' choimhearsnachd Miughalaigh ann an 1912, dà bhliadhna ro thoiseach a' Chogaidh Mhòir. Ann an aon dòigh tha a' Bhlascaod Mhòr eu-coltach gu tur bho shuidheachadh Hiort leis gu bheil leabharlann sònraichte ann de thùsan a chaidh a sgrìobhadh le muinntir an eilein.

Bha Miughalaigh air a thaghadh o chionn 's gu robh tòrr rannsachaidh dèanta mar-tha mu mhuinntir an eilein. Thugadh *The Nearer St Kilda* air. Bha muinntir Mhiughalaigh mar phàirt chudromach de Strì an Fhearainn agus bha a' choimhearsnachd air fàgail ann an 1912, tòrr na bu thràithe na eilean sam bith eile anns an rannsachadh seo. Coltach ri Miughalaigh, bha imrich ràithe '*seasonal migration*' mar phàirt chudromach den bheatha aig muinntir Ghabhla. 'S ann air an adhbhar seo a tha Gabhla air leth am measg eileanan na h-Èireann. Thachair crìonadh phoball Ghabhla gu mall an coimeas ris na h-eileanan eile san rannsachadh seo oir bha fhathast nas motha na ceud duine a' fuireachd ann an 1951, rud a tha annasach am measg eileanan an rannsachaidh.

Bidh iomradh goirid air Sgarp, Sòaigh agus Oileán na gCapall cuideachd.

Chan eil Eilean Sgarpa ach 50m tarsainn a' chaolais bho Hùisinis agus mar sin bha beachd air leth ri fhaighinn bho fhèin-fhiosrachadh mhuinntir Sgarpa. Bha Sgarp cudromach anns an rannsachadh seo oir gun robh Sgarp cho faisg sin air a' mhòr-thìr.

B' e Oileán na gCapall an t-eilean bu lugha san rannsachadh seo agus chithear ceistean 's dùbhlain eadar-dhealaichte aig muinntir an eilein seo bho na h-eileanan eile. Bha na goireasan a bha aig poball eilein a' crochadh air an àireamh-shluaigh agus 's ann air an adhbhar sin a

thaghadh Oileán na gCapall, gus riochdachadh an cion ghoireasan a bha aig poball eilein bhig.

Mu dheireadh chuir Sòaigh gu mòr ris an rannsachadh air sgàth an riochdachaidh air ceist nam meadhanan agus a chionn is cho ceangailte 's a bha na h-eileanaich an sin leis an Riaghaltas. Bha an dà bhuidheann ann an conaltradh, agus bha Roinn an Àiteachais mar phàirt dhen ghluasad. A bharrachd air sin bha na meadhanan air ùidh a chur anns an sgeul, rud nach robh cho soilleir le cuid do na h-eileanan eile. Thug seo lèirsinn air leth air an t-suidheachadh. 'S ann tro bhith a' cleachdadh nan eileanan eadar-dhealaichte seo a gheibhear an coimeas as fharsainghe agus as iomlaine.

Tha am measgachadh de thùsan a' neartachadh a' choimeis agus a' cur ris an rannsachadh: tha guth nan eileanach ann airson am fèin-fhiosrachaidh, aithisgean an Riaghaltais airson eòlas oifigeil mu na bha a' tachairt, agus guth nam meadhanan airson riochdachadh na bha poball na dùthcha a' cluinntinn.

Structar

Bidh an rannsachadh a' cumail ri structar sònraichte. Tha an tràchdas air a roinn ann an trì pàirtean.

Pàirt 1. Anns a' chiad phàirt tha an rannsachadh a' dèiligeadh ri saoghal nan eileanach agus seasmachd a' phobaill.

- 1.1. Tha a' chiad chaibideil a' dèiligeadh ris a' bhun-structar a bha aca air na h-eileanan.
- 1.2. Tha an dàrna caibideil a' sgrùdadh an ìre dòigh-bheatha a bha aca air na h-eileanan, a' dèiligeadh gu sònraichte ri cùisean slàinte 's bìdh.
- 1.3. Tha an treas caibideil a' beachdachadh air na bha an geamhradh a' ciallachadh do na h-eileanaich agus a' coimhead air faireachdainn nam 'priosanach'.
- 1.4. Tha an ceathramh caibideil a' toirt cunntais air a' phàtran eilthireachd a bha anns na h-eileanan diofraichte agus a' coimhead air a' bhuidh a bha aig an eilthireachd eachdraidheil air poball nan eileanan.

Pàirt 2. An seo tha an rannsachadh a' dèanamh sgrùdadh coimeasach air crìonadh nan eileanan, fàgail nan eileanan agus an ròl a bha aig an dà riaghaltas ann am beatha nan eileanach.

- 2.1. Crìonadh a' Phobaill
- 2.2. Bheirear sùil air an fhàgail: an gnìomh fhèin agus an ceangal ri poileasaidhean an Riaghaltais.

Pàirt 3. Bheirear sùil sa phàirt seo air na poballan às dèidh na fàgaile.

- 3.1. Thèid sgrùdadh a dhèanamh air beachdan nan eileanach às dèidh làimhe.

Ann an gach pàirt thèid coimeas a dhèanamh an toiseach eadar Hiort agus a' Bhlascaod; as dèidh sin eadar Miughalaigh agus Gabhla. Gheibhear iomradh air uairean cuideachd air Sgarp, Sòaigh agus Oileán na gCapall.

Lèirmheas Litreachais

Tha rannsachadh ri fhaighinn mu gu leòr do chuspairean eugsamhail an tràchdais seo. Tha cunntas farsaing aig Haswell-Smith air eileanan na h-Alba. Chan eil an aon rannsachadh air a dhèanamh mu eileanan na h-Èireann gu mì-fhortanach. Tha tòrr chunntasan matha ann stèidhichte air an eilthireachd bho Alba agus Èirinn. Ann an co-theacsa na h-Èireann, tha leithid Guinnane (1997) air tòrr obrach a dhèanamh air eilthireachd às dèidh na Gorta Mhòir. Ann an co-theacsa na h-Alba, tha leithid Withers, Flinn agus Harper air a bhith a' coimhead air gluaiseachd poball na h-Alba, ach gu h-àraid poball na Gàidhealtachd, tron 19mh agus 20mh linn. Chan eil mòran air a sgrìobhadh a' dèanamh coimeis eadar gluaiseachd eileanaich an dà dhùthaich.

Hiort

Ann an co-theacsa litreachas Hiort, tha an ùine cudromach cuideachd. Leis gun robh cliù aig Hiort tha iomadh tùs ann bhon 19mh linn. Tha cuid aca earbsach ach tha e follaiseach gun robh na h-ùghdaran air na leabhraichean eile a leughadh, rud a tha a' ciallachadh gun robh na beachdan ceudna ag ath-nochdadh ged nach robh fianais a bharrachd ann airson a' phuing a chruthachadh. 'S e eisimpleir math a th' anns an leabhar *St Kilda and the St Kildians* (Connell, 1887). Bhruidhinn Connell mu thachartasan nach robh fhathast a' tachairt ann an Hiort a rèir cunntasan nas doimhne. Tha na h-ùghdaran eadar-dhealaichte a' dèanamh iomraidh air freagairtean is beachdan gach a chèile. Ach bho dheireadh an fhicheadamh linn agus a-steach san linn a tha seo, tha leabhraichean aig àrd ìre air am foillseachadh. Chùm mi sa mhòr-chuid ris na tùsan a bha bonntaichte air guth nan Hiortach.

A' Bhlascaod

Ann an a' Bhlascaod, tha na Gàidheil fortanach gu bheil 'leabharlann' iomlan ann do sgrìobhainnean bhon eilean. Tha fiù 's leabhar *The Baskets: A Kerry Island Library* (Mac Conghail, 1987) a' toirt iomraidh air leabhraichean sgrìobhadairean na Blascaoide. A bharrachd air sin tha sreath leabhraichean a chaidh fhoillseachadh aig Coiscéim a' dèanamh rannsachaidh air gach cuid de shaoghal na Blascaoide. Tha gach leabhar a' sgrùdadh taobh shònraichte de shaoghal muinntir na Blascaoide. Coltach ri leabhraichean Hiort, chùim mi fhèin ris na leabhraichean a bha a' cumail guth nan eileanach mar prìomh chuspair.

Miughalaigh

Mar a chithear a thaobh tùsan Mhiughalaigh, 's ann bho chlann muinntir Mhiughalaigh a bha a' fuireachd am Bhatarsaigh a fhuaradh a' chuid is motha den eòlas a tha ann a-nis mu bheatha nan eileanach; ach a thaobh Hiort bha an cothrom aig neach-rannsachaidh an t-eòlas a chruinneachadh o Hiortaich fhèin, ged a b' ann, sa mhòr-chuid, bho Hiortaich a bha air Hiort fhàgail bliadhnaichean ron chlàradh. Dh'fheuch mi cumail ri tùsan nan tùsanach nuair a bha an cothrom ann. Tha Ben Buxton air obair fìor mhath a dhèanamh airson eachdraidh Mhiughalaigh a chur a-mach air beulaibh a' phobaill ann an dòigh so-thuigsinneach thomhaiste. A bharrachd air sin tha Lisa Storey air eachdraidh Mhiughalaigh fhoillseachadh ann an Gàidhlig bunaichte air faclan muinntir Mhiughalaigh fhèin, euchd air leth math. Chaidh tòrr theipichean a chlàradh bho mhuinntir Mhiughalaigh is iad a' fuireachd am Bhatarsaigh; gu tric leis nach robh muinntir Mhiughalaigh fhathast beò 's e an cuid cloinne a tha a' bruidhinn.

Gabhla

Rinn Sean 'Ac Fhionnlaoich gu leòr obrach airson cinnteachadh gu bheil guth aig muinntir Ghabhla. Chaidh trì leabhraichean leis fhoillseachadh agus tha e a' cur sìos air a' bheatha air Gabhla annta. Is e cunntas a th' ann a bharrachd air leabhar eachdraidh, agus a thaobh sin sgrìobh Máire Uí

Fhearraigh leabhar eachdraidh Ghabhla. Is e leabhar eachdraidh a th' ann stèidhichte air na mhothaich muinntir Ghabhla agus iad a' fuireachd air an eilean. Rinn F. H. Aalen rannsachadh saidheansaile air an eilean fhèin agus am poball ann an staing, agus is e leabhar feumail a tha ann airson beachdachadh air deireadh eilein.

Eileanan eile

Sgarp

Bha tùsan eadar-dhealaichte ann bho Sgarp agus chaidh measgachadh do leabhraichean is teipichean a chleachdadh.

Oileán na gCapall

Cha robh ach aon tùs ann mun eilean bheag seo ach oir 's gun robh an cunntas cho beachdachail, shaoil mi gur b' fhiù e a chleachdadh. Tha M. Ní Chéilleachair a' toirt cunntais mionaideach air deireadh pobaill ann an eilean beag agus tha duilgheadasan air leth a' nochdadh sa chunntas.

Sòaigh

A-rithist le Sòaigh chleachd mi measgachadh de thùsan. Chan eil na Gaidheil air tòrr fhoillseachadh mu Shòaigh ach tha leabhar Reed, a ghluais gu Sòaigh às dèidh na fàgaile, luachmhor agus coileanta. Bha barrachd eòlais ri fhaighinn bho na meadhanan.

Pàirt 1: Saoghal nan Eilean.

1.1. Bun-structar anns na h-eileanan

Tha ceistean bun-structair sna h-eileanan fìor chudromach a chionn 's gum b' iad ceistean is draghan mar seo a bha a' treòrachadh beatha nan eileanach. Bha iad a' maireachdainn, a' cumail beò agus uaireannan bha e soilleir do na h-eileanaich gun robh an rud àbhaisteach seo tòrr na bu dorra dhaibhsan na an aon rud do mhuinntir na mòr-thìre.

Cha robh ceist a' bhun-structair faochnach aig toiseach an fhicheadamh linn ach, agus an aois a' dol air adhart, bha barrachd conaltraidh aig eileanaich ris a' mhòr-thìr. Bha an conaltradh seo a' ciallachadh gun robh na h-eileanaich a' fàs cleachdte ri rudan a bharrachd air na bha mun chuairt orra air an eilean. Leis a' chonaltradh ris a' mhòr-thìr cha robh iad beò air an ceann fhèin. Dh'fhàs sgolt eadar ìre dòigh-bheatha muinntir na mòr-thìre agus muinntir nan eilean tron linn cuideachd. Dh'fhàg seo na h-eileanaich a' faireachdainn gun deach am fàgail air chùl anns an t-saoghal ùr seo.

Bu choma an robh iad air fàgail no mura robh, bha iad a' mothachadh gun robh.

It is not sheer necessity but rather felt wants which stimulate migration; it is not an informed comparison of the relative advantages of life on or off the island (Aalen, 1969, xvii).

Tha Aalen a' ràdh nach robh cùisean mòran na b' fheàrr air a' mhòr-thìr ach gun robh na h-eileanaich a' faireachdainn gun robh iad fhèin aig mì-thairbhe. A-nis gun teagamh sam bith bha sin fìor aig toiseach an fhicheadamh linn ach nas fhaide air adhart bha diofar sònraichte ri fhaicinn eadar beatha nan eileanach agus beatha muinntir na mòr-thìre.

Anns a' chaibideil seo thèid measadh a dhèanamh air ìre a' bhun-structair anns na h-eileanan eadar-dhealaichte agus thèid sgrùdadh a dhèanamh air

na duilgheadasan a dh'èirich a thaobh 's gur e eileanan a tha annta.

1.1.1. Hiort agus a' Bhlascaod

B' iomadh coslas a bh' ann eadar Hiort 's An Bhlascaod a thaobh bun-structair dheth. Air eilean iomallach, bha laimhrig gu math cudromach. Chan e a-mhàin airson na bàtaichean aca a sheòladh ach cuideachd airson solaran fhaighinn air an eilean. Chaidh an laimhrig ann an Hiort a chrìochnachadh ann an 1902 agus bha seo na chuideachadh mòr don phoball (Harman, 1997, 275). B' ann an 1892 a thog Bòrd nan Sgìrean Dòmhaile (BSD) laimhrig anns a' Bhlascaod agus ann an Dún Chaoin: *'a road and a boat slip was built and a corresponding slip was built on the mainland'* (Breathnach, 2005, 87). Bha ceangal seasmhach aig BSD le poball na Blascaoide agus cheannaich iad an t-eilean: *'when the CBD bought the Great Blasket Island from the Earl of Cork in 1907, it spent ten years reorganizing the land and building roads and houses'* (Breathnach, 2005, 136).

Bha Hiort tòrr na b' iomallaiche na bha a' Bhlascaod agus tha e soilleir bho na tùsan gun robh a' mhòr-thìr agus a' mhuir mar phàirt làitheil do mhuinntir na Blascaoide, rud nach eil a' nochdadh dhan aon ìre sna tùsan bho Hiort. Bha daoine air a' Bhlascaoid a bha comasach air am bàtaichean fhèin a dhèanamh. Rinn athair Michael Carney a 'naomhóg' fhèin agus thuirt e gun robh an aon chomas aig a bhràthair (Carney & Hayes, 2013, 41).

Anns a' Bhlascaod bha draghan aca leis a' chrodh cuideachd, ceist nach eil a' nochdadh dhan aon ìre ann an Hiort . Nuair a bha iad ag iarraidh na bà a chur ris an tarbh bha aca ris a' bhò a thoirt dhan mhòr-thìr agus an sin a' bhò a thoirt air ais. Bha iad feumach air sgioba 'naomhòga' airson gach aon bhò (Tyers, 1993, 157). Mu dheireadh fhuair muinntir na Blascaoide tarbh bho chomhairle sgìreachd 'Ciarraí' ach cha b' urrainn dhaibh an tarbh a chumail oir cha robh àite dha air an eilean agus nuair a chuir iad e air Beiginis airson feuraich shnàmh e air ais dhan eilean. Cha

robh an dara roghainn aca agus dh'ith iad an tarbh (Carney & Hayes, 2013, 35-36). Ach nuair a bha Seán Ó Criomtháin a' sgrìobhadh greis mhath às dèidh seo bha an cion tairbhe fhathast mar rud a rinn am beatha tòrr nas dorra. Bha aca ris an eilean fhàgail leis na bà nuair a bhiodh “bó fé dháir” (O Criomhthain, 1969, 8). 'S e eisimpleir fìor mhath tha seo de dhragh a bh' aca ach nach robh aon dòigh dèiligeadh ris, agus e dìreach mar chuid de bheatha air eilean.

Bha eaglais aig Muinntir Hiort (Robson, 2005) ach bha aig muinntir na Blascaoide dol dhan mhòr-thìr airson dol dhan eaglais. Bha seo a' ciallachadh turas seachdaineach gu Dún Chaoin, turas a bha gu math cunnartach: *'navigation is very tricky, even for the most experienced sailors'* (Carney & Hayes, 2013, 1).

Tha Hiort sònraichte gu leòr oir anns a' chiad chogadh mhòr bha riaghaltas Bhreatainn a' cleachdadh an eilein mar ionad airm agus mar sin bha an t-eilean làn le saighdearan agus bha conaltradh aca fad a' chogaidh: “Goirid an dèidh dhan Chiad Chogadh Mhòr tòiseachadh, chaidh *War Signal Station* a thogail air Hiort” (MacFhearghuis, 1995, 146). Ach nuair a thàinig an cogadh gu crìoch chaidh bun-structar an eilein air ais gu mar a bha e, rud a bha doirbh nuair a bha na h-eileanaich air fàs cleachdte ri conaltradh seasmhach. Bha seo na chùis dragha do na Hiortaich: “*During my days on the Island, I believe the greatest major difficulty was a lack of communication with the outside world*” (Gillies, 2010, 70). Tha ceist chonaltraidh ri fhaicinn gu soilleir am measg muinntir na Blascaoide cuideachd. Fhuair na h-eileanaich rèidio uèirleis bhon riaghaltas ann an 1941 ach a rèir nam Blascaodach cha robh e ag obair ceart nuair a bha droch-thìde ann: “*So whenever the islanders really needed the radio the most, it was typically out. This lack of reliable radio communications was eventually a big factor in the island's downfall*” (Carney & Hayes, 2013, 49).

Thòisich riaghaltas na h-Èireann gnìomhachas fighe sa Bhlascaod sa bhliadhna 1938. Bha iad an dùil nam biodh gnìomhachas ann do mhuintir an eilein, gum biodh e na bu dhàicheile nach gluaiseadh iad

bhon eilean ach cha do mhair seo ach ceithir bliadhna (Carney & Hayes, 2013, 47).

1.1.2. Miughalaigh agus Gabhla

Bha Miughalaigh 's Gabhla coltach ann an iomadh dòigh ged as ann aig toiseach an fhicheadamh linn a chaidh Miughalaigh a thrèigeadh agus 's ann nas fhaisge air deireadh an aon linn a thrèigeadh Gabhla.

Bha ceist a' bhun-structair mar dhragh seasmhach do na h-eileanaich:

The difficulty of access- getting to and from Mingulay, landing and loading people and goods, landing and launching boats- was the principal cause of hardship for the islanders (Buxton, 1995, 123).

Stèidhich an 'Ladies Highlands Association' sgoil ann an 1859 air Miughalaigh¹ (Buxton, 1995, 100). Mar a chithear tron rannsachadh tha cuideam air leth air cùrsaichean sgoile a measg poball eilein. Thogadh eaglais Chaitligeach ann an 1898 (Haswell-Smith, 1996, 169). Bha sgoil air a bhith air Gabhla bho 1846 (Uí Fhearraigh, 2008, 28).

Thog BSD am prìomh laimhrig air Gabhla aig deireadh an 19mh linn (Aalen, 1969, 76). Bha dara laimhrig aig muinntir Ghabhla cuideachd:

Tá dhá ché i nGabhla, cé thráigh na mBláthán ar an taobh thoir agus cé Phort an Chruinn ar an taobh ó dheas. Tá úsáid na gcéanna ag brath ar an chóir ghaoithe; muna mbíonn foscadh ag cé amháin bíonn ag an cheann eile (Úi Fhearraigh, 2008, 1).

Bha an dara laimhrig seo fìor chudromach oir bha e a' ciallachadh gun robh rogha laimhrige aca gu h-àbhaisteach.

Ann an coimeas ri seo bha Miughalaigh fhèin suidhichte ann an àite a

¹ Air Oileán na gCapall cha robh gu leòr daoine a' fuireachd ann airson sgoil a bhith aca is mar sin chaidh na pàisdean dhan sgoil gach madainn sa bhàta: “Nuair a bhíodh an fharráige ciúin do théadh an ceathrar againn gan aon duine fásta inár dteannta ag rámháíocht amach chun na seanscoile mBaile 'n Seilg gach aon mhaidin” (Ní Chéilleachair, 2005, 56).

bhiodh iomchaidh don iasgach ach a chionn 's laigsean bun-structair cha b' urrainn do mhuinntir Mhiughalaigh tairbhe fhaighinn bho sin.

Bha an *“landing of supplies”* (Buxton, 1995, 123) seo na dhuilgheadas mòr oir gun solaran cha b' urrainn dhaibh maireachdainn. A bharrachd air seo, nam biodh feum air cobhair, gu tric bha e do-dhèanta: *“getting a doctor or priest in an emergency was often impossible”* (Buxton, 1995, 123).

Cha robh dòigh cheart fhurasta aig muinntir Mhiughalaigh solaran fhaighinn dhan is bhon eilean. Cha robh laimhrig aca gu ruige 1901. Mu dheireadh nuair a thog BSD laimhrig agus crann-togail ann an 1901 cha do dh'obraich e mar bu chòir agus às dèidh bliadhna bha e briste (Buxton, 1995, 78). Cha robh e anns an àite cheart na bu mhotha: *“the crane is in the wrong place and is very little used”* (Buxton, 1995, 78). Bha Dillon den bheachd gu robh an cion laimhrige air fear de na rudan a bu dorra dha na Miughalaich. Bha obair mhòr ann a bhith a' tarraing nam bàtaichean suas air an tràigh agus Bàgh a' Chaisteil “dusan mìle air falbh” (Dillon & MacÌomhair, 1995).

Bha sgeul Sgarpa gu math coltach ri Miughalaigh a thaobh ceist a' bhun-structair. Cha robh laimhrig ann airson na bàtaichean air Sgarp:

When we work ... we have to launch the boats every morning, even supposing it were in frost or snow, and in launching them we have to wade through the surf up to the waist, and remain in that condition until night again (Lawson, 2002, 154-155).

Bha poball Mhiughalaigh seasmhach gus an tàinig fàs mì-àbhaisteach air an àireamh-shluaigh a thoradh gun deach poball nan eileanan mun chuairt air Miughalaigh, Eileanan Bharraigh, fhuadach bhon talamh.

Chaidh tòrr don phoball seo gu Miughalaigh (Haswell-Smith, 1996, 172). Chan ann am Miughalaigh a-mhàin a bha na duilgheadasan seo: *“the townships around Castlebay were amongst the most congested in the Hebrides”* (Buxton, 1995, 124).

Cha robh am bun-structar no an rùm ann dèiligeadh ris an àireamh seo do dhaoine.

Dh'fhàs ìre nan seirbhisean air Gabhla, oir gun robh poball fhathast ann san dara leth dhan fhicheadamh linn. Nuair a dh'fhàg an t-eileanach mu dheireadh Gabhla ann an 1975, bha bàtaichean einnsein aca. A rèir Seán ac' Fhionnlaoich fhèin b' ann sna tritheadan a thàinig na “báid-innill”(Fhionnlaoich, 2010, 122). Tha e soilleir cuideachd bho chunntasan eile mun Bhlascaod gu h-àraid, gun robh an 'naomhóg' fhathast mar a' phrìomh dhòigh-siubhail a bha aca eadhan anns na tritheadan. Cha b' ann gus às dèidh an Dàrna Chogaidh a bha bàtaichean einnsein aig na h-iasgairean àbhaisteach.

Fhuair Gabhla oifis a' phuist “thart fá 1940” (Mac Fhionnlaoich, 1975, 21):

Chuir sé athrú mór ar shaol na ndaoine. Ní raibh orthu dul go tír mhór leis an “dole” nó an seanphinsean a thógáil, nó le litir a chur sa phost. Bhí ordú poist agus airgid le fáil ar an oileán. Bhí guthán acu le labhairt lena gcairde ar an tír mhó nó i nAlbain féin (Mac Fhionnlaoich, 1975, 21).

Bha seo cudromach do na h-eileanaich oir bha e seo a' ciallachadh conaltradh seasmhach fiù 's nuair a bha an tìde gu dona. Bha bùthan aca air Gabhla cuideachd. Sgrìobh Uí Fhearraigh “Cé go raibh siopa aig Clann Uí Dhuibhír ar an oileán, thagadh siopaí ón tír mór isteach uair sa tseachtain” (Uí Fhearraigh, 2008, 28). Bha aon bhùth air an eilean agus bha bùthan siùbhilach eile a' dol dhan eilean fhèin an àite eileanach a' dol dhan mhòr-thìr. Tha seo a' taisbeanadh cho làidir is bha a' choimhearsnachd aig an àm sin agus nas cudromaiche na coimhearsnachd làidir, gun robh airgead aig na h-eileanaich.

Bha bùth bheag agus fòn aca air Sgarp bhon bliadhna 1947 coltach ri Gabhla (Haswell-Smith, 1996, 238).

Co-dhùnadh

Tha e soilleir gu bheil ceist a' bhun-structair mar chuid fìor chudromach ann an rannsachadh an trèigsinn. Bha ìrean eadar-dhealaichte de

chothroman air na h-eileanan eadar-dhealaichte. Tha an treis ama cudromach cuideachd mar thachair leasachaidhean mòra tron fhicheadamh linn. Bha an teicneòlas ùr a' cuideachadh ann an dòighean. Dh'fhuirich daoine air Gabhla gus na seachdadan agus bha oifis a' phuist aig an dà choimhearsnachd ach, a dh'aindeoin sin, dh'fhàg am poball. Bha bun-structar sònraichte math aig Hiort fhad 's a bha an Cogadh Mòr ann ach cha robh an Riaghaltas deònach an ìre sin a chumail às dèidh a' chogaidh. Bha Hiort air leth iomallach cuideachd, gu h-àraidh ann an coimeas ris na h-eileanan eile. Bha tòrr do na h-eileanaich iad fhèin den bheachd gur e an cion conaltraidh an t-adhbhar a bu mhotha airson fàgail, agus chaidh seo a dheimhinneachadh ann an rannsachadh bho 1938: *'There is perhaps no individual element which has contributed in greater measure towards the depopulation of the Highland area than the inadequacy, or lack of, communications in many districts'* (Committee on the Highlands and Islands, 1938, 34).

'S e rud eile a tha a' nochdadh gu tric, an dòigh a rinn an Riaghaltas beagan oidhirpe airson cuideachadh ris na h-eileanaich ach nach do chuidich e riutha gu ceart. Mar a thachair am Miughalaigh, thogadh laimhrig agus crann-togail ach cha robh iad anns an àite cheart agus cha d'fhuair na h-eileanaich buannachd asta. Bha an aon sgeul ri fhaicinn leis a' Bhlascaod, agus rèidio aca nach robh ag obair mar bu chòir nuair a bha an tìde garbh. Tha iomsgaradh anns na goireasan a bha aig na h-eileanan eadar-dhealaichte cuideachd. Dh'fheuch BSD leis an t-suidheachadh air Mhiughalaigh a leasachadh ach cha robh iad buileach soirbheachail ach anns a' Bhlascaod bha BSD soirbheachail leis an cuid atharraichean. Agus a-rithist bha roghainn aig muinntir Ghabhla eadar dà laimhrig nuair nach robh laimhrig ceart aig muinntir Sgarpa agus nuair a bha laimhrig aca, bha fhathast aca ri fheitheamh airson laimhrig aig Hùisinis. Chuireadh às do BSD na h-Alba ann an 1911 leis an *Land Settlement Act* ach ann an Èirinn, cha chuireadh às dha gus 1923 le stèidheachadh na Saor-stàite. Tha e soilleir bho na cunntasan nach robh BSD na h-Alba cho soirbheachail 's a bha BSD na h-Èireann. Bha iomadh adhbhar airson seo ach b' e an t-adhbhar as motha a rèir MacKay: *'The need of successive Governments – paramount in the case of Ireland, less so in*

the Scottish case – to quell agrarian unrest on the western and northern seaboard’ (1996, 142).

1.2. Ìre dòigh-bheatha

Ged a bha am bun-structar cudromach, is e ìre dòigh-bheatha nan eileanach a bha a' toirt cunntas air mar a bha beatha nan eileanach gu làitheil.

Bha cunnart an-còmhnaidh dlùth do dh'eileanaich agus sin ro na duilgheadasan slàinte is bìdh. Anns an earrainn seo thèid dèiligeadh ri cuid do na duilgheadasan slàinte a bha aca air na h-eileanan agus ri ceist bìdh ann an co-theacsa nan eileanan.

1.2.1. Hiort Agus a' Bhlascaod

Thug cùisean slàinte buaidh mhòr air poball Hiort. Bha ìre bàsmhorachd leanaban mar rud air leth sònraichte ann an eachdraidh Hiort. Eadar 1830 agus 1891, dh'eug 92 às 160 leanabh taobh a-staigh dhan chiad chola-deug, ochd latha gu h-àbhaisteach. Eadar 1866 agus 1870 le ceithir leanaban deug cha do mhair duine sam bith aca (MacDonald, 2010, 18). Bha ìre uabhasach àrd do ghalar na glas-guib am measg cloinne: *“In the 19th century neonatal tetanus probably prevented the increase in population that was occurring elsewhere”* (MacDonald, 2010, 26). Ged nach robh bàs sam bith ann bhon ghalar seo anns a' choimhearsnachd sa 39 bliadhna mu dheireadh ron fhàgail, bha buaidh mhòr air a bhith aig galar air àireamh-shluaigh an eilein.

Gheibhear tòrr iomraidhean cuideachd anns na chaidh a sgrìobhadh mun eilean air an tinneas ris an canadh na Hiortaich ‘Cnatan nan Gall’:

Tha e coltach nach robh bàta a bhuaileadh cladach an eilein nach robh a' cur eucail am measg an t-sluaigh, 's a' toirt orra a bhith a' sreathartaich 's a' casadaich (MacFhearghuis, 1995, 98-99).

Cha robh galar leithid ‘Cnatan nan Gall’ ri fhaicinn le muinntir na Blascaoide oir gun robh tòrr a bharrachd conaltradh aca ris a’ mhòr-thìr. Tha measgachadh de dh’aithrisean ann bhon Bhlascaod mu ìre chùram-slàinte nan eileanach. Thuit an àireamh-shluaigh bho 153 ann an 1841 gu 97 ann an 1851 (Mórdha, 2012, 265). B’ e seo ùine na Gorta Mhòir gun teagamh. Chaidh an “dro-shaol” (an droch shaoghal) a thoirt air an ùine seo ann an litreachas nam Blascaodach. Ach a dh’aindeoin nam figearan sin, bha na h-eileanaich fhèin den bheachd nach do dh’eug duine sam bith dhen acras ach “Pé méid a fuair bás ar an Oileán le linn an Ghorta ní le hocras a cailleadh iad ach le galar eigin eile, ach pé a cailleadh le nó lena mhalairt is é an t-ocras a cuireadh ina leith” (Tyers, 1993, 58). Tha De Mórdha ag aontachadh gun robh ceangal sònraichte eadar a’ Ghort Mhòir is galaran: “Caithfear a thuiscint gur lean an-chuid galar an Gorta- an calar, an tìofas agus a leithéid” (Mórdha, 2012, 265). Cha robh an sgeul mar sin ann an gach àite agus tha an t-alt ceudna a’ leantainn: “*The parish of Dún Chaoin, of which the Blaskets are a part, lost more than half of its population in the same period*” (Mórdha, 2012, 267). Mar sin tha e soilleir gun robh cùisean beagan na b’ fheàrr sa Bhlascaod na mar a bha cùisean air a’ mhòr-thìr ri linn na Gorta Mhòir.

A bharrachd air slàinte tha cunntasan ann mu chùisean bìdh air Hiort. Sgrìobh An t-Urr. Niall MacCoinnich, a bha a’ sgrìobhadh mu Hiort am meadhan an 19mh linn, “*I know of no place where people can have such a plentiful supply of food with so little exertion*” (Harman, 1997, 107) ach aig an aon àm chlàraich e na chunntas cion-bìdh a thachair sa gheamhradh ron a sin, rud a tha a’ soilleireachadh gun robh sgeulan eadar-dhealaichte taobh ri taobh san aon chunntas. A bharrachd air sin thuirt MacCoinnich cuideachd “*the people are now better lodged, clothed, and fed, than are the great mass of the population through-out the Hebrides*” (Harman, 1997, 107). 'S dòcha gu bheil seo ag innse barrachd mun t-suidheachadh sa Ghàidhealtachd na tha e mu cho beartach 's a bha na Hiortaich. Aig àm Choimisean Napier, thuirt an t-Urr. Iain MacAoidh: “*Well there will be some times when they are very ill off for want of food*”(1884, 864). Mar sin tha e soilleir gun robh

duilgheadasan bìdh aca air an eilean.

A-rithist tha am beachd ceudna a' nochdadh anns an sgrìobhadh le Calum MacDomhnaill bho Hiort, “*Naturally, at times we were short of some items which we could not grow ourselves, such as sugar, tea, oatmeal and flour*” (MacDonald, 2010, 12). Rugadh an Dòmhnallach aig toiseach an fhicheadamh linn. Mun àm seo cha robh na h-eileanaich dìreach a' tighinn beò air na rudan a bh' aca fhèin, bha iad a' malairt le luchd turais. Leis gu robh iad a' crochadh air steach-bhathar airson na beatha aca, bha feum nas motha ri bun-structar oir bha iad ag ionndrainn nan rudan nach robh aca. Bha na rudan a bh' aig na h-eileanaich air fàs na b' fhaisge air na rudan a bh' aca gu nàiseanta.

Thuir Ó Criomtháin, is e a' bruidhinn air a bheatha sa Bhlascaod, “Ní raibh aon easpa orainn ann, ná aon cheal ar an slí sin, ach geimhreadh agus drochaimsir agus galaráí agus breoiteacht a bhuaileann a leithéid d'áit agus gan oideas ná leigheas le fáil dóibh” (O Criomhthain, 1969, 3). A bharrachd air sin nuair a thòisich daoine a' falbh bha iadsan ann a thuir “gur tús galair a bhí ann” (O Criomhthain, 1969, 2). Tha seo a' taisbeanadh na dòigh a bha galar mar phàirt don bheatha aca.

1.2.2. Miughalaigh agus Gabhla

Bha tòrr dhaoine air gluasad gu Miughalaigh bho na h-eileanan eile aig taobh a deas Bharraigh am meadhan an 19mh linn (Haswell-Smith, 1996, 169) agus cha robh àite gu leòr ann dhaibh uile. Leis gun robh am meud sin do dhaoine a' fuireachd ro fhaisg air a chèile, tha fhios gun robh draghan shlàint' aca. Bho 1892 gu 1899 tha clàradh dèanta anns na clàraidhean sgoile mu na galaran eadar-dhealaichte. Bha aithris ann den triuthaich: “*April 1st 1892: The presence of Hooping (sic) Cough lowered our average attendance in past week*” (Storey, 2007, 64). Bha e fhathast ann aig deireadh na mìosa: “*April 29th : Epidemic among the children closed our doors on 27th April*” (Storey, 2007, 64). Rinneadh clàradh den fhiabhras bhreac cuideachd ann an 1894 “ach cha do sgaoil e” na

b'fhaide na aon taigh (Storey, 2007, 64). An sin bha a' ghriùthrach ann am measg nam pàistean a-rithist ann an 1898: "*January 23rd 1898: Measles fast spreading in the island. School closed on medical authority*" (Storey, 2007, 64). Agus a bharrachd air seo ann an "*November 3rd 1899: Epidemic of mumps prevail*" (Storey, 2007, 65). Tha e soilleir gun robh seo mar dhragh fìor chudromach ann am beatha nan eileanach ach gu h-àraid am measg nam pàistean. Chan eil e soilleir an robh an suidheachadh mar an ceudna am measg nan inbheach. Chum droch chnatan clann bhon sgoil a-rithist agus "chaidh an sgoil a dhùnadh airson greis an toiseach a' Ghearrain 1901 air sgàth seo" (Storey, 2007, 65).

Tha e soilleir gun robh bagairt an tinneis mar phàirt de bheatha mhuinntir Ghabhla cuideachd.

Ní raibh dochtúir nó banaltra ar an oileán. Ba ró-mhinic, nuair a bhíodh duine éigin go beag ó mhaith, a chaithfeadh siad aghaidh a thabhairt ar an tír mhór ar lorg dochtúra nó sagart, b'fhéidir i lár na hoíche agus an aimsir doineanta (Mac Fhionnlaoich, 1975, 16).

B' e an aon sgeul a bha ann do mhuinntir Shòaigh.² Nuair a bha feum air dotair, 's ann gu Gleann Bhreatail san Eilean Sgitheanach a bha aig a' bhàta ri dol. Cha robh laimhrig ann agus mar sin bha aca ri sgollag a chleachdadh gus faighinn a-steach. Bha aig an dotair ri tighinn bho Chàrrabost, ochd mìle air falbh (Gordon, 1937, 178).

Bha tinneas ceangailte ri bochdainn air Ghabhla is mar sin bha daoine ag iarraidh nach biodh fhios aig na nàbaidhean:

Nuair a thigeadh an aicíd mhallaithe isteach i dteach, ní raibh leigheas faoi na coinne. Bhíodh náire ar dhaoine a leithéid a bheith orthu, choinníodh siad ceilte í agus de ghnáth bhánaíodh sí an teach" (Mac Fhionnlaoich, 1975, 19).

² Coltach ris na h-eileanan eile, bha dotair Sgarpa a' fuireachd seachd mìle deug air astar bho Hùisinis air a' mhòr-thìr (Duncan, 1995, 6).

A bharrachd air na clàraidhean sgoile, tha cunntasan eile ann bho bheul-aithris Mhiughalaigh. Bha cunntas ainmeil ann mu mhac Mhic a' Phì a ràinig an t-eilean 's gach duine air bàsachadh le galar (Ross & MacNeil, 1956). Bha cunntas aig Nan Eachainn Fhionnlaigh mu dhaoine a chaidh a chall tro ghalair.

Rugadh agus thogadh Mìcheal ann am Miughalaigh. Dh'eug athair 's a mhàthair cho tràth leis an fhiabhras. Bha feadhainn eile a bhuineadh dham mhàthair, 's e clann bràthar athar dham mhàthair a bh' unnta cuideachd- clann Caluim 'ac Dhòmhnail Mhòir. Dh'eug an triùir aca san aon t-seachdain, dh'eug 'ad san aon t-seachdain. Dh'fhalbh feadhainn òg eile leatha, leis a' ghriùthraich a bha siud. Dh'fhaodte gun e siud an sgrios bu mhotha dh'èirich (Storey, 2007, 66).

Tha an sgeul a' toirt lèirsinne air na cunnartan galair a bha ann am Miughalaigh.

A bharrachd air cùisean slàinte tha e follaiseach bho na sgrìobhaidhean nach robh aon chion-bìdh air Gabhla anns an ùine seo. Thuirt Seán Mac Fhionnlaoidh, a rugadh ann an 1910: “Bhí neart bia ar an oileán i dtólamh. Dá dtagadh stoirm fhada, ní bheirfi gairid orthu” (Mac Fhionnlaoidh, 1975, 6-7). Dh'fhàs eaconamaidh Gabhla aig toiseach an fhicheadamh linn timcheall air “teacht na sgadain”, rud a bha a' ciallachadh bìdh 's airgid don choimhearsnachd:

Mharaigh muintir an oileáin na chéad scadáin i 1894.... Rinne siad neart airgid ar na scadáin, bhisigh an saol ar an oileán ó sin amach, ní raibh siad ag brath an oiread sin ar an bharr agus thosaigh an t-arán plúir agus an tae ag eirí fairsing (Mac Fhionnlaoidh, 1975, 52).

Co-dhùnadh

Gu tric, ann an coimhearsnachd eilein, bha an àireamh-shluaigh a' fàs 's a' tuiteam a rèir chùisean eugsamhail. Cha robh neart aig na h-eileanaich, uaireannan, air an t-suidheachadh is mar sin bha na draghan seo mar

adhbhar buairte fad na h-ùine. Ann an Hiort agus Miughalaigh bha e soilleir gun robh tòrr dhraghan slàinte ann. An coimeas ri seo bha duilgheadasan sònraichte sa Bhlascaod timcheall àm na Gorta Mhòir ach a bharrachd air sin cha robh aon chion orra. Eucoltach ris an Bhlascaod tha tinneas ceangailte ris a' bhochdainn is mar sin bha nàire air teaghlaichean nuair a bha cuideigin tinn. Bha Gordon a' bruidhinn air a' ghnàth dragh ris an dotair agus e a' bruidhinn air Sòraig ach b' e an sgeul ceudna a bh' ann anns na h-eileanan air fad a bharrachd air Hiort. 'S e rud a tha a' nochdadh anns na cunntasan uile cho cunnartach is a bha galar agus a' bhuidh a bha aig cùisean slàinte air a' choimhearsnachd. Nam biodh eileanach dha-rìribh tinn, bha am beatha gu tric a' crochadh air an tìde.

1.3. Prìosanaich air an eilean anns a' gheamhradh

Tha ìomhaigheachd a' phrìosanaich a' tighinn am bàrr a-rithist 's a-rithist ach gu h-àraid nuair a bh' an tìde gu sònraichte dona. Do na h-eileanaich nuair a bha an tìde gu dona, gu tric cha b' urrainn dhaibh an t-eilean fhàgail. B' ann fad a' gheamhradh a nochd an ìomhaigheachd sin is trice. Bha aig na h-eileanaich a bhith ag ullachadh don gheamhradh a chionn 's nach robh fhios aca am biodh an cothrom aca solaran fhaighinn tro na mìosan sin. Bheirear sùil air na dòighean diofraichte a nochd ìomhaigheachd a' phrìosanaich agus a' bhuidh a bha aig a' gheamhradh air beatha nan eileanach.

1.3.1. Hiort agus a' Bhlascaod

B' e Hiort an t-eilean as iomallaiche gun teagamh anns an rannsachadh seo agus chan eil iongnadh ann gun deach prìosan a thoirt air. A bharrachd air seo cha robh an aon cheangal aig Hiort ri cùrsaichean bàtaichean an coimeas ris na h-eileanan eile.

Chaidh an ìomhaigh seo a chleachdadh gu math tràth ann an cunntasan

air Hiort. Tha sgeul Bhaintighearna Grainnse³ ainmeil (MacAulay, 2010). Thuirt an t-Urr. Alasdair Buchan, a bha na mhaighstir-sgoile ann bho 1704 gu 1729 “*They are in a manner prisoners*” mu na Hiortaich (Lawson, 2007, 10). Thuirt e seo aig toiseach an ochdamh deug linn ach dà chiad bhliadhna às dèidh seo cha robh ìre-bheatha nan eileanach air leth nas àirde. Thuirt ban-stiùbhaird a' mhinisteir seo nuair a chaidh ceist a chuir oirre mun eilthreachd gur e bh' ann an Hiort, “*the biggest prison in all the world*” (Connell, 1887, 25). Bha seo na thèama cumanta agus daoine a' bruidhinn air Hiort. Thug Sands “*Macleod's prison*” air Hiort cuideachd ann an cunntas Seton (1878, 320). Agus fiù 's anns an fhicheadamh linn, rinn Dòmhnail MacIll'Ìosa coimeas eadar cion còrach-bhòtaidh nan eileanach agus daoine ann am prìosan.

Many a day I thought when I was working in the correctional field, that my birthplace was a prison, a sort of Devil's Island of the Hebrides to which inconvenient people were dispatched (Gillies, 2010, 88).

Rinn MacIll'Ìosa coimeas cuideachd eadar Hiort agus Alcatraz (Gillies, 2010, 88).

Bha cumhachd sònraichte aig a' gheamhradh ann am beatha nan Hiortach. Chaidh faireachdainnean cuid de na h-eileanaich a chlàradh ann an alt leis an *Daily Mail* ann an 1930, ron an fhàgail. Thuirt aon bhoireannach, Mrs Gillies, “*We can get the doctor very seldom during the winter and we could not face another winter here*” (Quine, 1988, 261). Bha eagal air na h-eileanaich ron gheamhradh agus na bha mar chuid dhen gheamhradh. Thuirt muinntir Shòraigh rud gu math coltach ann an tagradh a sgrìobh iad dhan Riaghaltas ann an 1937: “*The bad weather will soon be here, and we are not prepared to face another winter on the island. The miseries and hardships of the last one are too fresh in our memory*” (Gordon, 1937, 175).

Bha ceangal tòrr na bu treasa aig a' Bhlascaod leis a' mhòr-thìr agus bha

³ Bha an Bhaintighearna Grainnse na prìosanach ann an Hiort, am measg àitean eile (MacAulay, 2010).

conaltradh nas fheàrr ann, ach anns an droch thìde cha b' urrainnear an caolas a shiubhal.⁴ Tha e soilleir gu robh an geamhradh doirbh air a' phoball. Nuair a bha an tìde fìor gharbh, “*the community always felt vulnerable and isolated, completely bound, with no escape*” (Ó Cathain, 2014, 60).

Tha seo a' nochdadh gu tric:

But when the weather took a turn for the worse and imprisoned us, it was hell, with a ferocious, rolling sea battering the rocks, constantly venting its anger against the island and its people and relentlessly shooting sea spray thirty feet into the air (Ó Cathain, 2014, 6).

A bharrachd air sin, gach geamhradh bha cola-deug ann nuair nach robh a' ghrian a' soillseachdainn air baile na Blascaoide. Bhiodh buaidh mhòr aig seo air misneachd a' phobaill.

1.3.2. Miughalaigh agus Gabhla

Ann am Miughalaigh bha ceist a' gheamhraidh a' nochdadh gu tric is na h-eileanaich a' cur sìos air an t-saoghal a bh' aca. Bha e na phrìosan do Mhòrag Chaimbeul NicFhionnlaigh a bha a' sgrìobhadh sa Ghiblean, 1905: “*We spend the winter months lonely and dull but I hope summer shall get us relief as we shall be like prisoners during the bad weather... I am hoping to leave Mingulay soon*” (Buxton, 1995, 123).

Air Gabhla tha cunntas air leth ann a tha a' taisbeanadh na bha an geamhradh a' ciallachadh do na h-eileanaich:

Life on Gola Island cannot be understood without a full sympathetic realization of what 'winter' means to the inhabitants in terms of isolation, and, in recent years, boredom and sometimes even physical danger either actual or potential.... One old inhabitant expressed the situation as follows, shortly before she left the island for the last time 'I won't stay another winter here if I can

⁴ Ann an òran bho Sgarp their an seinneadair gum biodh “an t-eilean cho glaiste ri caisteal Dhùn Èidinn”, nuair a bha an tìde gharbh. (Mac Lennan, 1992).

help it’ (Aalen, 1969, 26).

Chithear seo air feadh nan eileanan. Bha cion bheatha-shòisealta soilleir agus a' choimhearsnachd a' tighinn gu crìoch. Bha na cunnartan air an lùghdachadh le àm agus ged a bha teicneolas ùr a' dèanamh mathachaidh nan ìre-bheatha, bha fhathast duilgheadasan sònraichte ann.

Nuair a bha tubaist air an eilean ann an teaghlach Mhic Fhionnlaoich, cha b' urrainn dhan dotair faighinn a-mach dhan eilean oir gun robh an tìde ro gharbh agus chaochail a bhràthair (Mac Fhionnlaoich, 1975, 74).

Bha aca ri bhith an-còmhnaidh ag ullachadh airson an ath-ràith le biadh agus goireasan, “Bhí stór mór faoi na tithe, go háirithe sa gheimhreadh” ach nam biodh cuideigin tinn, cha robh aon roghainn aca (Mac Fhionnlaoich, 1975, 6-7).

Chithear cuid de na duilgheadasan a bha aca bhon chunntas seo bho Sgarp. Anns a' gheamhradh 1916 cha robh an cuid bhàtaichean comasach faighinn gu Tairbeart no fiù 's gu Hùisinis airson solar fhaighinn don eilean bhon Dùbhlachd gu Màrt agus a-rithist an ath-bhliadhna dh'fhàg bàta Sgarp gus solar fhaighinn air an 21 den t-Samhain agus cha do thill e gu 20 den Dùbhlachd oir bha aige ri feitheamh aig Abhainn Suidhe (MacKay, 2005, 5).

Co-dhùnadh

Bha cuid do na Hiortaich a' faireachdainn gun robh iad glaiste ann an Hiort agus tha e follaiseach gun robh eagal air na h-eileanaich ron gheamhradh. Bha aca ri bhith ullamh don treis seo nuair nach robh fhios aca am bi an cothrom aca biadh is solaran fhaighinn. Tha cumhachd an fhacail ‘priosanach’ follaiseach cuideachd agus is rud e a tha a' nochdadh gu tric ann an cunntasan nan eileanach.

1.4. Eilthireachd eachdraidheil

Bha pàtran fada eachdraidheil eilthireachd ann an gu leòr do na h-eileanan mus do theirig a' choimhearsnachd aca. Anns na coimhearsnachdan beaga seo bha eilthireachd mar chuid den bheatha oir cha robh an dara roghainn aca. Uaireannan bha seo a' neartachadh na coimhearsnachd ann an dòighean sònraichte agus uaireannan eile bha an ceangal seo a' dèanamh cron is a' toirt bho neart na coimhearsnachd.

Mar thoradh air ghnìomhachasadh an 19mh linn, bha an tuath a' gluasachd gu suidheachadh bailteil, bha an àireamh de dhaoine a' fuireachd sa Ghàidhealtachd a' tuiteam: *'Between 1861 and 1911 the proportion of the Scottish population resident in the Highlands declined from over 18% to little more than 10%'* (Brock, 1992, 110).

Bha cothroman airgid agus obrach an sin. A rèir Aalen:

A fundamental consequence of nineteenth-century industrialization was the growth of new dynamic economic activities and their concentration in a limited number of centre ... This trend has naturally been accompanied by increasing urbanization of the population and its concentration in the economically favoured areas. In the rural areas sustained population decrease and social decline have been the counterparts of the growing dominance of cities and towns. Many isolated rural areas have either collapsed completely or, owing to falling levels of population and ageing population structures, are on the point of breakdown (Aalen, 1969, xiii).

Tha seo soilleir gu leòr ann an co-theacsa nan eilean. Bha daoine a' falbh gu làr-ionad eile, àitean sònraichte le bun-structar nas fheàrr, cothroman nas fheàrr agus far nach robh an strì ceudna an lùib bhith beò.

Bha an eilthireachd mar chuid chudromach, mar ann an eachdraidh àite iomallach sam bith, 's tha comharradh na h-eilthireachd air leth soilleir ann an co-theacsa nan eilean Gàidhealach. Thèid coimeas a dhèanamh eadar an seòrsa eilthireachd eachdraidheil a thachair ann an cuid dhe na

h-eileanan.

1.4.1. Hiort agus a' Bhlascaod

Bliadhna às dèidh a' chunntais-shluaigh ann an 1851, dh'fhàg 36 duine Hiort ann an 1852, an dùil dol gu Astràilia. Chaidh am buidheann a sgrios leis a' bhrìc air an turas fhada. Dh'fhalbh na h-eileanaich seo an toiseach agus às dèidh sin “*the rest of the inhabitants would come away shortly*” (Lawson, 2007, 22) ach nuair a chaidh sgrios a dhèanamh orra “*all thought of emigration was given up, at least for the meantime*” (Lawson, 2007, 22). Tha e soilleir gu bheil iad a' bruidhinn an seo air na Hiortaich sin a bha deiseal airson an t-eilean fhàgail. Dh'fhàg an buidheann air sgàth bochdainn an eilein (Harman, 1997, 107). Às dèidh na fàgaile seo, 36 duine ann an 1852, cha d'fhàinig fàs air an àireamh-shluaigh, a dh'fhuirich mòran mar a bha e.

Thill fear do na fir a chaidh gu Astràilia agus bha e gu math làidir na bheachdan air an eilean nuair a thill e, is bha buaidh mhòr aig seo air na h-eileanaich, rud a tha a' nochdadh mu dheireadh an linn: “*With the exception of one or two of the old men, I found none who were not anxious to be transferred either to the mainland or to Australia*” (Connell, 1887, 159).

Eucoiltach ri Hiort, tha e fìor shoilleir gun robh eilthireachd mar phàirt de shaoghal làitheil nam Blascaodach. San leabhar *Ar an gCoigríoch* theirear, agus iad a' bruidhinn air an eilthireachd na h-Èireann na iomlan:

Feicimid léiriú san ábhar atá foilsithe ... ar an gcaoi ar glacadh leis an imirce sin mar ghnáthchuid den saol: páistí agus daoine óga ag glacadh leis gur rud nádúrtha é daoine gaoil leo a bheith ar imirce, fir agus mná óga ag súil lena ndeis féin chun imeachta, tuismitheoirí ag glacadh le himirce a gclainne mar chuid d'hosheachanta den shaol (Ní Dhonnchadha & Nic Eoin, 2008, 9).

Do mhuintir na Blascaoide bha ceangail nas motha aca ri Ameireaga na ri Baile Átha Cliath: “*when I was a kid, we had more relatives in*

America than we had in Ireland” (Carney & Hayes, 2013, 61).

Bha am beachd sin anns a’ Bhlascaod gun robh iad a’ feitheamh dìreach airson airgead bhon duine mu dheireadh a chaidh gu Ameireaga: “A luaithe is a théadh duine óg trasna na farraige go dtí an tOileán Úr, bhí an chéad duine eile sa teaghlach sin á ullmhú féin i gcomhair an turais” (Mórdha, 2012, 33). Bha na daoine òga a’ cruinneachadh airgead airson fàgail gu Ameireaga.

Shaothraíoch an chéad duine sin go dúthrachtach thall agus chuireadh sé airgead i dtaisce ionas go bhféadfadh sé an costas taistil a sheoladh abhaile chuig an chéad duine eile sar i bhfad. Bhíodh an duine sin ag tnúth go mór leis an lá a dtiocfadh an Rí isteach le litir dó ina mbíodh a chostas sall (Mórdha, 2012, 47).

Tha e follaiseach gun robh ‘an t-Eilean Úr’ (Ameireaga) mar príomh chuspair nam Blascaodach. *“The main well was at the top of the village. It was called ‘the American Well’ (Tobar an Phoncáin) because the women used to talk about America up there all the time”* (Carney & Hayes, 2013, 30). B’ e seo am príomh thobar a bh’ aca agus mar sin tha seo a’ taisbeanadh gu robh Ameireaga gu cumanta ann an inntinn nan daoine: *“The women and the girls sometimes wore home-made dresses. But they primarily wore clothes sent home from America by relatives”* (Carney & Hayes, 2013, 36). A-rithist tha seo a’ cur cuideam air Ameireaga nam beatha. Bha iad air cùl a chur ris na seann nòsan a bha aca (*“sometimes wore home-made dresses”*) agus bha dòigh nuadh maireachdainn aca a bha a’ crochadh air Ameireaga.⁵

Agus Ó Criomtháin a’ bruidhinn air boireannaich na Blascaoide thuirt e agus e fo agallamh “Bhídís ag fanacht le litreacha agus le fóirithint a theacht ó Mheiriceá chucu, agus nuair a thagadh na *dollars* chucu

⁵ Ann an Oileán na gCapall cuideachd bha e soilleir gun robh ceangal sònraichte ann eadar an t-eilean is Ameireaga: ‘Chaithimís féin dul go dtí oifig an phoist ag triall ar na litreacha agus na beartáin ó Mheiriceá a thabhairt abhaile leis. Bhí aintín i Meiriceá againn agus bhí sí an-mhaith ag cur éadaí deasa agus a lán rudaí chugainn i rith na bliana ach gu háirithe um Nollaig’ (Ní Chéilleachair, 2005, 59).

bhainidís raitheach astu” (Tyers, 1993, 98). A-rithist tha seo a’ taisbeanadh cho mòr 's a bha teaghlach sna Stàitean fhathast mar chuid de shaoghal nan eileanach: “Bhí litreacha ag teacht anall go tiubh ag déanamh cur síos ar an saol iontach ann” (Mórdha, 2012, 46). A bharrachd air seo “*in the evening people would read letters from America out loud for everybody to hear*” (Carney & Hayes, 2013, 48). A-rithist aig àm na Nollaig, bhiodh gach duine a’ feitheamh airson naidheachd bho Ameireaga: “*Sometimes their relatives would send American dollars. That was cause for great joy*” (Carney & Hayes, 2013, 48).

Bha a’ mhòr-chuid de na h-eileanaich a bha thall toilichte leis a’ bheatha ùr aca agus chan eil iongnadh sam bith ann gu robh buaidh mhòr aig seo air na h-eileanaich òga a bha fhathast air a’ Bhlascaod.

Dh’innis Máiréad Ní Loingsigh agus i a’ bruidhinn air an domhan ùr:

Má b’fhada ón Oileán Ùr a tógadh muintir an Bhlascaoid ar an leibhéal so, gach seans gur chónagaraí dóibh Meiriceá ná Corcaigh ná Baile Átha Cliath ná Trá Lí féin ar leibhéal eile, toisc an oiread san de mhuintir an Oileáin a bheith thall (Ní Chéilleachair, 2005, 42)

Bha iad a’ faireachdainn gur e sin an t-aon rogha a bha aca san t-saoghal, nach robh aon roghainn eile aca. Bha Eibhlín Ní Shúilleabháin a’ dearbhadh ról Ameireaga am beatha nan eileanach nuair a thuirt i gun robh i an dùil gun rachadh a nighean Niamh gu Ameireaga:

To go over to America, ..., for the parents here in Ireland would be naked without [America], only for their children go over in time, to send money to pay for debts and to send every stitch of clothes for bedding, curtains and human use. Everything from America (Leahy, 1983, 93).

Tha seo a’ taisbeanadh nach e na daoine òga a-mhàin a bha airson fàgail ach gun robh na pàrantan ag iarraidh saoghal nas fheàrr do na pàistean aca, Ameireaga.

Chaidh athair Mike Carney gu Ameireaga dà thuras an iomlan. Chuir e seachad sia bliadhna ann dà thuras. Tha e soilleir gun robh e furasta dìreach an t-àite fhàgail. Chaidh e fhèin agus a charaid Mike Keane air

ais dhan Bhlascad a' chiad thuras oir gun robh iad ga h-ionndrainn. Nuair a ràinig iad an t-eilean cha robh cothroman obrach sam bith a bharrachd air an iasgach agus thill iad a dh'Ameireaga a-rithist (Carney & Hayes, 2013, 87). Bha e soilleir cuideachd nach e seo an "Deoraíocht gun pilleadh" (Ní Dhonnchadha & Nic Eoin, 2008, 200) mar a chithear leis an "torramh Meiriceánach", gnè fa leth do nuadh-litreachas na h-Èireann.

Cha robh e mar sin an-còmhnaidh, bha greis ann agus bha daoine ag iarraidh a bhith a' fuireachd air a' Bhlascad. Bha Seán Ó Criomtháin den bheachd nach robh daoine ag iarraidh fàgail ach, air a chaochladh, gun robh daoine ag iarraidh gluasad dhan eilean aig toiseach an fhicheadamh linn: "bhídís ag screadaigh chun dul isteach. Nach istigh a bhí an t-ór... Bhí iasc agus ór agus gliomaigh istigh" (Tyers, 1993, 126). Tha an sgaradh seo gu math soilleir cuideachd bhon uair a bha mòr-sgrìobhadairean na Blascaoide, Tomás Ó Criomtháin 's Peig Sayers, a' bruidhinn air am beatha. Cha b' ionann Blascaod Thomás Uí Chríomtháin agus Blascaod a mhic.

1.4.2. Miughalaigh agus Gabhla

Coltach ris na h-eileanan eile bha eilthreachd mar phàirt àbhaisteach ann an eachdraidh Mhiughalaigh. B' e an t-iasgach am prìomh dhòigh-beatha air Miughalaigh, rud eucoilteach ri Hiort, agus gu tric bha cùisean fearainn mar cuid dhàrnach. Ged a bha iasgach math mun cuairt orra, bha orra na bàtaichean sgadan fhàgail ann am Bàigh a' Chaisteil am Barraigh oir gun robh na bàtaichean mòra iasgaich ro mhòr airson na tràigh ann am Miughalaigh. Gu tric bha aca ri fuireachd am Bàgh a' Chaisteil nuair a bhiodh iad ag iasgach. Bha seo a' crìonadh neart Miughalaigh mar ionad iasgaich.

The recent history of the fishing industry has been dominated by increasing centralization of fishing activities at major ports, owing mainly to the increased size of vessels with their expensive equipment and high running costs. Outlying islands have thus lost

their value as fishing bases, and small scale inshore fishing has dwindled, both as a result of centralizing forces and a general revulsion among rural people against subsistence activities (Aalen, 1969, 46).

Bha e àbhaisteach aig deireadh an 19mh linn gun robh na fir air fad a' cur seachad a' gheamhraidh ag obair an Glaschu no ann an àiteachan ach a-mhàin Miughalaigh (Buxton, 1995, 124). A-nis airson a' chiad uair bha daoine air falbh bhon eilean air feadh greis mhaith airson airgead fhaighinn (Buxton, 1995, 74). Nuair a thàinig siostam airgid a-steach bha e sin nas cudromaiche na cumail beò oir gu h-obann bha sin mar chuid den chumail beò. B' e an t-airgead an rud a bu chudromaiche ann an siostam luachan nan eileanach a-nis is bha iad ag iasgach airson airgead is bha seo a' ciallachadh gun robh nas lugha tìde aca airson eunachadh 's feurachadh (Buxton, 1995, 74).

Coltach ri Miughalaigh bha eilthireachd bho Ghabhla mar phàirt de bheatha muinntir Ghabhla.

In 1841 there were about seventy people living on Gola. There are admittedly difficulties in determining a precise population total for the Donegal islands, largely owing to the islanders' habits of seasonal migration, but it seems clear enough that the population of Gola continued to increase throughout the nineteenth century and the early twentieth century, until around 1930 when there were over 200 people on the island (Aalen, 1969, xvi).

Bha am fàs seo mar phàirt chudromach ann an leasachadh pàtran an beatha Ghabhla. Thachair ann an Ghabhla, mar a thachair air feadh iarthuath na h-Èireann, imrich ràithe.

Bhí ar pháistí chomh óg le hocht nó naoi mbliana imeacht ar fostú chun an Lagáin. Bhí an t-airgead gann san am agus ba é an gnás go gcuirtí chun an Lagáin na paistí ar feadh séasúir (sé mhí) le cúpla punt a shaothrú. Théadh na girseacha agus gasúirí amach ar fhostú ó Bhealtaine go Samhain at thuarastal de chúig phunta (Úi Fhearraigh, 2008, 28).

Dheidheadh na pàistean dhan Lagáin (an sgìre timcheall abhainn na

Lagáine) agus an sin às dèidh bliadhnaichean air an Lagáin, dheidheadh iad a dh'Alba. Tha e soilleir gun robh an nòs seo ann fad ùine oir:

“Patrick Gallagher... declared bluntly to the Gaeltacht commission in 1923 that the people of the Rosses could not survive for one year without their earnings from the Lagan and Scotland” (Aalen, 1969, 64). Thuirt

Aalen a bha a' dèanamh rannsachaidh air Gabhla:

In the nineteenth century the primary importance of seasonal migration was the money income which it provided in a community which traditionally contained mainly subsistence cultivators and fishermen. This injection of cash from outside allowed the consumption of manufactured goods and new food commodities, and thus reduced the old self sufficiency of the community. The Quaker philanthropist J. H. Tukes ...visited the country in 1846-7 and noted that the diet of the western peasantry was almost solely oat-meal and potatoes. On a later visit in the 1880s Tukes noted 'extraordinary proof' of a considerable change in the consumption standards. Indian meal, tea, sugar, flour and tobacco were being consumed in large quantities, and although barter was still common there was more money circulating (Aalen, 1969, 63).

Bha an t-airgead seo a' ciallachadh gun robh ìre-beatha nan eileanach agus roghainn bìdh nan eileanach aig ìre àrd. Tha e soilleir nam biodh roghainn farsaing mar sin de bhiadh aca nach biodh na h-eileanaich a' faireachdainn gun robh ìre-beatha nas àirde air a' mhòr-thìr. Thèid sùil a chur ri seo nas motha ann an 2.1.4.

Seasonal migration stimulated a rise in living standard expectations and to some extent, permitted these expectations to be realized; it permitted the retention of the population even though the internal economy remained relatively stagnant (Aalen, 1969, 64).

Leis an 'imrich shealach' seo cuideachd cha robh iad a' dol dhan chathair mhòr. Chaidh iad a dh'fuirich air tuathanasan mòra agus ged a bha an saoghal aca beagan eadar-dhealaichte, cha robh iad a' faicinn domhan mòr nuadh le cothroman ùra. Dheidheadh iad bho shaoghal àiteachais gu saoghal àiteachais. B' e an sgeul ceudna bha ann an Alba. Bha iad a' fuireachd air tuathanasan mòra is mar sin cha robh saoghal mòr fosgailte

romhpa.

Ann an Gabhla cuideachd cha robh an aon ùidh aca ann an Ameireaga agus cha robh mòran fianais ann gun robh Ameireaga fiù mar phàirt den bheatha aca ann an 1969:

One old lady said “America's a rotten country”. Anything can happen. And her voice is one of many. Not one of the islanders has a particularly good word to say about America, and the young people who have left Gola for the mainland do not consider going there (Aalen, 1969, 119).

Co-dhùnadh

Anns an fharsaingeachd, a rèir nan eòlaichean, bidh tuiteam san àireamh-shluaigh a' crìonadh muinghine agus misneachd a' phobail:

Population decline erodes this sense of security and creates among the rump of the population profound and nervous reliance one upon the other (Aalen, 1969, xviii).

San fharsaingeachd 's e sin a bha a' tachairt anns na h-eileanan Gàidhealach againne. Ach tha pàtran eugsamhail a' nochdadh bho na h-eileanan eadar-dhealaichte.

Bha ceangal eadar a' Bhlascaod agus Oileán an Chapail ri fhaicinn gu soilleir. Bha Ameireaga mar phàirt den bheatha aca. Bha seo gu math eadar-dhealaichte bho na h-eileanan Albannach agus Gabhla cuideachd. Bha na bha a' tachairt an Gabhla tòrr na b' fhaisge air suidheachadh Mhiughalaigh. Am Mhiughalaigh bha cuid dhen phoball a' gluasad airson cothroman obrach is airgid agus is e seo a bha a' tachairt an Gabhla.

Bha diofar mòr eile ann cuideachd eadar Gabhla agus Mhiughalaigh. Bha an eilthreachd bho Mhiughalaigh a' crìonadh neart na coimhearsnachd. Bha na h-iasgairean a' falbh gu àitean mar Glaschu airson obair fhaighinn agus mar sin bha gluasad mhuinntir Mhiughalaigh gu suidheachadh bailteil. Bha an caochladh rud a' tachairt le eilthreachd

Ghabhla. Chaidh iad bhon eilean gu suidheachadh àiteachais eile. Bha seo a' ciallachadh nach robh saoghal ùr a' nochdadh dhaibh agus bha iad toilichte tilleadh dhan eilean. Tha an iomsgaradh seo a' taisbeanadh adhbhair gun robh poball Ghabhla fallain airson nas fhaide na na h-eileanan eile. Bha poball Mhiughalaigh agus poball Ghabhla air tionndadh dhan eaconamaidh airgid. Thachair an aon rud ris a' Bhlascaod oir gun robh iad a' cur airgead bho Ameireaga air ais gu na teaghlaichean.

Pàirt 2: Fàgail nan Eileanan

2.1. Crìonadh a' phobaill

Chithear bho na h-eileanan eadar-dhealaichte gun robh e fìor dhoirbh air na h-eileanaich nuair a thòisich an àireamh-shluaigh a' tuiteam.

Uaireannan thàinig piseach nuair a dh'fhàg buidheann ach gu tric bhon àm a bha aig buidheann ri fàgail bha adhbhar na fàgaile fhathast mar adhbhar dragha do mhuinntir an eilein (Aalen, 1969, xviii).

Depopulation reacts adversely on social conditions, initiating a self-reinforcing process of decline...As population dwindles, the services on the island become less economical to run... Secondly, the community becomes too small to support even a minimum of social provision, the numbers for example no longer merit a resident nurse, and finally the numbers of children are so reduced that they do not justify a primary school. All families with children must leave and with that event the island ceases to be a self-perpetuating community. The fewer the social provisions the greater is the inducement to emigrate (Aalen, 1969, xvii).

A rèir meud, àireamh-shluaigh agus cothroman obrach an eilein, bha coimhearsnachd làidir a' tionndadh gu coimhearsnachd neo-sheasmhach gu clis. Gu tric thachair seo cho luath sin nach do thuig na h-eileanaich na bha a' tachairt: “*The small island may easily become caught in a fatal downward spiral: once below a certain minimum threshold it can collapse and disappear quickly*” (Aalen, 1969, xviii). Tha an “*minimum threshold*” seo gu math cudromach ann an rannsachadh mu fhàgail nan eileanan.

This concept of a minimum threshold helps to explain why small islands are generally depopulated before large islands...The minimum size for a viable community will vary according to many considerations, such as the precise level of living expected by the community, the degree of accessibility, and the extent to which

governments are prepared to meet abnormal expenditure in order to support uneconomic social services to the islands (Aalen, 1969, xviii).

Annas a' chaibideil seo thèid measadh a dhèanamh air a' chrìonadh a dh'fhàg poball nan eileanan gun aon rogha ach “an bád bán” (eilthreachd). Thèid coimeas a dhèanamh air na cùisean eadar-dhealaichte a bha air cùl na fàgaile.

2.1.1 Hiort agus a' Bhlascaod

Bha comharraidhean ann gun robh poball Hiort a' crìonadh bhon uair a dh'fhàg am buidheann a dh'Astràilia ann an 1852. Bha ionad aig nèibhidh na Breatainne air Hiort ri linn a' Chiad Chogaidh Mhòir. Chiallaich an ionad-nèibhidh gun robh luchd-nèibhidh a' fuireachd còmhla ris na Hiortaich. Thuirt Donald John Gillies, a rugadh 's a thogadh air an eilean gun do rinn a' Chiad Chogadh “*a remarkable change to living conditions on the island*” (Gillies, 2010, 10). Bha conaltradh seasmhach aig na Hiortaich ris a' mhòr-thìr, rud nach robh iad cleachdte ris. “*Mail was leaving the island twice a week and received twice a week*” (Gillies, 2010, 11).

Bha conaltradh seasmhach na rud fìor chudromach airson beatha nan eileanach. Mar a chuimhnich MacIll'Ìosa: “*We youngsters also learned from those men (luchd a' Nèibhidh) how easy it was to make a living on the mainland. They told us that we were working on the island like slaves and not accomplishing anything*” (Gillies, 2010, 12). Coltach gu leòr ri Hiort, sa Bhlascaod bha comharraidhean a' chrìonaidh rim faicinn fad tamaill: “*Eventually, some islanders began to realise that there might be a better way of living on the mainland ... They began to be enticed by visions of a better life for them and their families*” (Carney & Hayes, 2013, 11). Bha na h-eileanaich anns an dà àite air ionnsachadh gun robh cothroman eile ann. Air Hiort dh'fhàg na sgeulachdan aca tòrr òganach an eilein mì-thoilichte le am beatha air an eilean. “*I vowed when I would*

arrive at an age to make a living that I would leave the Island” (Gillies, 2010, 16). Thuirt Gillies gun do rinn a bhràthair an aon gheall. A-rithist tha e soilleir gun robh ìre dòigh-bheatha math ann an Hiort air feadh a' chogaidh. Chleachd Gillies am facal “*Ghost-town*” airson a' bhaile nuair a dh'fhàg an nèibhidh. Bha na Hiortaich a' faireachdainn gun robh Hiort iomallach as dèidh fàgail an Nèibhidh: “*Most of the Islanders now were not prepared to go back to the life and custom they were used to before the 1914 War*” (Gillies, 2010, 17).

Chan e a-mhàin gun robh bun-structar nas fheàrr ann am feadh a' Chogaidh ach bha luchd an Nèibhidh a' nochdadh saoghal ùr do na Hiortaich. Thug luchd an nèibhidh sealladh eadar-dhealaichte dhaibh agus às dèidh sin, bha “*wider perspective*” aca air na cothroman a bha fosgailte dhaibh san t-saoghal mhòr air falbh bhon eilean (MacDonald, 2010, 48).

Cha robh na Hiortaich toilichte le an cuid tuilleadh: “*Better communications and comparative affluence during the war resulted in increased expectations*” (Harman, 1997, 122). Bha atharrachadh eile a' tachairt am measg poball Hiort. Bha 80 duine a' fuireachd air an eilean agus Tormod MacCuin na bhalach, ach nuair a dh'fhàg e ann sa bhliadhna 1927 cha robh barrachd air 40 duine air fhàgail (MacQueen, 1961). Thuirt e ann an agallamh “Na feadhainn òga a bh' ann an uair sin, nuair a bha iad a' tighinn gu aois bha 'ad a' dol a-null dhan tìr-mhòr” (MacQueen, 1961). Tha seo a' taisbeanadh cho nàdarra 's a bha fàgail an eilein do na daoine òga aig an àm seo.

San aon dòigh bha òigridh na Blascaoide a' fàgail cho luath 's a ghabhadh. Bha an eilthreachd gu Ameireaga mar phàirt fhada de dh'eachdraidh an eilein ach bha an “*brain drain*” air a' choimhearsnachd neo-sheasmhach agus bha e seo soilleir do na h-eileanaich: “*Young people began to leave in droves. And so the exodus from the Great Blasket continued until finally, those who remained had no choice but to move to the mainland*” (Ó Cathain, 2014, 106).

Bha dòchas aig òigridh na Blascaoide gum biodh cothroman a bharrachd aca na bha air a bhith aig an teaghlaichean ach cha robh na cothroman sin air an eilean: “*The main reason for the emigration was that the younger generation of islanders were looking for a better life and more opportunities than the island could provide*” (Carney & Hayes, 2013, 62).

Bha e mar sin cuideachd do na Hiortaich òga “*Some of the younger people already knew that our way of life in St Kilda was doomed. Their futures lay outside these shores... Without young people life was bound to come to a standstill*” (Gillies, 2010, 59). Bha an òigridh air falbh bhon eilean air tòir saoghal saor bho dhuilgheadasan an eilein. Dh'aontaich Gladstone a bha ann an Hiort ann an 1927 ris a' bheachd seo, agus e a' sgrìobhadh: “*increasing contact with liners, traders, whalers and tourist boats and the consequent better communication have instilled ambition into the average St Kildan*” (Quine, 1988, 238). Chan e a-mhàin gun robh Hiort ag atharrachadh ach bha an saoghal mun cuairt air Hiort ag atharrachadh cuideachd agus mar sin cha robh an aon fhèill air bathar nan Hiortach is a bha ron chogadh.

A chionn 's gun robh luchd-turais a' tighinn dhan Bhlascad, bha De Mórdha den bheachd gun robh seo na adhbhar gun robh an òigridh airson falbh cho luath 's a bha an cothrom aca: “*Mheall siad ógánaigh an Bhlascoid, go comhfhiosach agus go neamh-chomhfhiosach, leis na scéalta seo, na cailíní ach go háirithe*” (Mórdha, 2012, 33).

Dh'fhàg Mike Carney an t-eilean sa bhliadhna 1937. Bha e den bheachd gun robh an teaghlach aige “*living on borrowed time with respect to financial support. It was a day-to-day proposition*” (Carney & Hayes, 2013, 98). Tha e soilleir nach robh sin math gu leòr dha: “*When I was sixteen, I was ambitious. I wanted to meet girls and go to dance halls and the cinema. I wanted to be free of the limits of island life. There was just too many constraints on the island*” (Carney & Hayes, 2013, 98). Bha an òigridh ag iarraidh saoghal eadar-dhealaichte. Bha MacDonald den bheachd gur e gluasad na h-òigridh seo nas motha na rud sam bith a

chinntich deireadh phoball Hiort: “*it was the movement of the fittest of the inhabitants away from the island that was the main factor in the eventual evacuation*” (MacDonald, 2010, 26).

Rud eile a bh' air atharrachadh an Hiort a bha air leth cudromach b' e na cothroman pòsaidh. Rinn Mitchell (Mitchell, 1865, 900) sgrùdadh air na h-àireamhan de dhaoine a phòs ann an 1860 agus chunnaic e nach robh ach còig bannsean eadar dithis a bha nan dara-ghlùn a-mach à 13 teaghlach de dhaoine a rugadh is a thogadh air an eilean, agus nach robh banais sam bith eadar dithis a bha nan co-ogha. Ach nuair a rinn Clegg sgrùdadh air na sia bannsean, le clann, a bh' ann eadar 1900 agus 1925, bha dà bhanais eadar co-oghaichean agus bha aon bhanais eadar dithis a bha nan dara-ghlùn, rud a tha a' sealltainn gun robh lughdachadh air tachairt air àireamh na cèile nach fhaodadh pòsadh (Harman, 1997, 129). Mar a thuirt Bill Lawson “*It is easy to blame the government, the church, the nurse or anyone else you fancy, but we have to accept that the gene pool of the island had become too restricted*” (Lawson, 2007, 29). Thuirt iar-Hiortach ri Lawson gun robh fàgail an eilein a' ciallachadh gun robh an cothrom aige bràmar fhaighinn (Lawson, 2007, 29).

A-rithist 's e an aon sgeul a bh' anns a' Bhlascaod. Bha an cion-dòchais seo gu h-àraidh ri fhaicinn sa chion-bainnse san ùine seo, as dèidh a' Chogaidh Mhòir: “*it was hard to find a mate on the island that was not too closely related. This problem got worse as the population went down*” (Carney & Hayes, 2013, 52). Ri linn ùine Carney, bha a' mhòrchuid de bhainnsean eadar fear bhon eilean agus boireannach bhon mhòr-thìr mar a thachair ann an suidheachadh Pheig Sayers agus màthair Mike Carney, a bha à Dún Chaoin. Chuir Mike Carney cuideam a-rithist air na cothroman nas fheàrr airson cèile fhaighinn “*frankly there just weren't enough young females on the island to entice the young men*” (Carney & Hayes, 2013, 62). Gun cothroman pòsaidh cha robh na fir òga airson fuireachd.

Bha an sgeul cho trom-chùiseach sin gun tuiirt Laoise Ní Cheallaigh “Go bhfios dom, ón mbliain 1916 ar aghaidh níor fhan ach trí lánúin a phós

ón mBlascaos istigh ann” (Mórdha, 2012, 34)

Nuair a phòs Éibhlís Ní Shúilleabháin sgrìobh i:

It was twelve years before that since the last couple were married. Anyway at present nobody thinks of marrying ... The girls here would marry in the morning but the boys don't agree with that. They know well that it is not any joke to be married on an Island like this and to bring up families like their fathers did and then not to have enough to eat nor to give them any chance at all in life afterwards (Leahy, 1983, 22-23).

Bho chunntasan nam Blascaodach tha e soilleir gum b' iad na boireannaich a dh'fhàg an toiseach. Sgrìobh Eibhlís Ní Shúilleabháin an aon rud ann sa Lùnastal, 1923: “Is gearr eile a bheidh aon duine anso: tá siad uile go léir ag imeacht as. Na cailíní go mór, aon chuid acu go bhfuil neart acu air, tá siad ag glanadh as, agus tá sé chomh maith acu” (Ní Chéilleachair, 2005, 48). Tha seo a' nochdadh a-rithist sa chunntas aig De Mórdha: “Bhí an saol ag athrú agus níor leor cleamhnas, píosa beag talún, agus saol ar an ngannchuid do mhná óga an Bhlascaoid a thuilleadh” (Mórdha, 2012, 346).

B' ann an 1941 a dhùineadh sgoil na Blascaoide. Bha sianar fhathast san sgoil nuair a dhùineadh e. Bho sin a-mach bha aca ri na pàistean aca sheòladh dhan mhòr-thìr airson sgoil. Chiallaich seo gun robh e nas fhasa gluasad dhan mhòr-thìr no gu tric dìreach am pàiste a chur a dh'fhuireachd ri teaghlach air a' mhòr-thìr. Bha crìoch an eilein a' tighinn ri tamall ach bha dùnadh na sgoile na binn-bhàis don Bhlascaod.

Mar thoradh air euslaint a' phobail bha gach taobh do bheatha nan eileanach a' crìonadh.

Mar a thuir Aalen “*depopulation reacts adversely on social conditions, initiating a self-reinforcing process of decline*” (Aalen, 1969, xvii). Beag air bheag bha deireadh a' tighinn ri Linn na Blascaoide, ach le gach buidheann a dh'fhalbh, bha e na bu dorra orra-san nach robh air fàgail: “Bhí duine ar dhuine á rá anois go raibh an t-árthach ag suncáil, agus gurbh é an té ba thúisce a léimfeadh aistí ab fheàrr as” (Ó Criomhthain, 1969, 7). Tha na facail sin a' toirt lèirsinn air taobh eile den trèigsinn:

chan e a-mhàin gun robh fhathast aca ri cumail beò, aig an aon àm bha aca ri bhith ag ullachadh àite ùr air a' mhòr-thìr ged nach robh fhios aca na bhiodh a' tachairt.

Bha am poball aig ìre far an robh àireamh mhòr do dhaoine aosta ach nach robh gu leòr òigridh gus cumail a' dol. Bha na daoine òga ag iarraidh fàgail ach cha b' urrainn dhaibh na seann daoine fhàgail nan aonar. A-rithist tha e soilleir gun tàinig orra falbh. 'S e Gearóid Cheaist Ó Cathain a fhuair cliù mar an “*Loneliest Boy in the World*”, an eisimpleir as fheàrr don cheist seo: “*When I lived in the Great Basket, the nearest to me in age was my mother's brother, Maraisín Mhuiris, who was thirty years older than me*” (Ó Cathain, 2014, 6). Agus e a' bruidhinn air muinntir an eilein aig an àm a dh'fhàg iad an t-eilean, thuirt e “*The younger men, like Faeilí and his brother seemed to want to go. But the older men, most of whom had spent all their life on the island, were non-committal*” (Ó Cathain, 2014, 85). Bha na daoine òga air an àite thrèigsinn agus bha a' choimhearsnachd a bha air fhàgail ro shean airson cumail a' dol. “*I saw that the people on the island were getting too old to manage for themselves*” (Carney & Hayes, 2013, 115). Bha am meath seo ri fhaicinn air a' chuid as lugha bho 1933 nuair a chaidh *Fiche Bliain ag fás* (Ó Súilleabháin) fhoillseachadh: “Go bhfóire Dia ar na seandaoine – ní fhanfaidh éinne chun iad a chur ar an bhfuadar atá fé'n saol” (Ní Chéilleachair, 2005, 85)

A bharrachd air cho doirbh is a bha e tha fianaise ann gun robh e uaigneach do dhaoine òga aig an àm sin mar a chithear bhon aithisg seo mu mhàthair Uí Chathain:

I think she'd had enough of island life by then and longed to move away from its severity and isolation and live in cosier conditions. Being a young woman, still only in her thirties, she must have craved the company of people her own age (Ó Cathain, 2014, 85).

Ann an 1953 cha robh sa Bhlascaod ach “naoi gcinn de thithe agus bhí trí cinn acu sin, mara raibh ab ceathrú ceann, ná raibh iontu ach aon duine amháin, cónaí ach ar aon duine iontu” (Tyers, 1993, 149). Tha seo a' toirt sealladh air cho dona is bha cùisean an uair sin.

2.1.2. Miughalaigh agus Gabhla

Bha poball Mhiughalaigh cleachdte ri bhith sgarta oir cha robh na fir air an eilean fad a' gheamhraidh. A bharrachd air seo bha na h-eileanaich a' faicinn àitichean eile: *“Travelling to other parts of Britain would have opened the islanders' eyes to how other people lived, and led to dissatisfaction with their own lot”* (Buxton, 1995, 75).

Bha duilgheadasan soilleir ann bhon t-saoghal a bha aig muinntir Mhiughalaigh. Ann an tagradh a rinn muinntir Mhiughalaigh ann an 1896, thuirt iad gun robh iad

very much handicapped by having at the end of the days fishing to drag up their boats high and dry on the rock [beach was meant] without any mechanical appliances, and in launching them again the crews are compelled to wade breast high, the launching being repeated on their return (Buxton, 1995, 75).

Cha robh piseach air an t-suidheachadh nuair a bha Adam Roberts ann sa bhliadhna 1905. Bha stoirm obann ann agus bha aig na h-eileanaich, *“mainly women and old men, the younger men being away fishing”*, ri dol sìos dhan tràigh airson cuideachadh leis na bàtaichean. Bha Roberts den bheachd nach b' urrainn dhaibh dol air adhart mar sin (Buxton, 1995, 75).

Bha duilgheadasan caran eadar-dhealaichte aig muinntir Ghabhla ach bha an t-eilean fhathast mar phàirt dhen aon chultar is dreach-tìre:

The Island of Gola shares in the economic and social decline common throughout the western, and particularly the north-western, parts of Ireland; the problems of western Ireland cannot be understood without some reference to the broad outlines of the economic geography of the British Isles as a whole (Aalen, 1969, xiii).

Gun teagamh bha Gabhla is na h-eileanan eile mar chuid den aon chultar Ghaidhealach a bha ceangailte a thaobh cànan is cultar. Bha Gabhla air an eilean mu dheireadh de dh'eileanan na sgìre sin le poball ann:

'In Donegal, for example, many of the smaller islands have been abandoned on the last twenty years, including Inishmeane, Inishsirrer, Inishkeeragh, Inishtrahull and Inishmacadurn' (Aalen, 1969, xviii).

Bha iad cuideachd mar phàirt dhen aon chrìonadh. Thuirt Neil MacPhee (Niall Dhòmhnail Dhòmhnail) a chaidh fo agallamh ann an Bhatarsaigh ann an 1907, gun robh draghannan a thaobh:

the problem of access, the lack of land for a house and croft of his own, and the lack of seaweed for fertiliser; instead of fertiliser, he had to get fish guts from Castlebay and spread them on the land, all during the fishing season when time was most precious (Buxton, 1995, 123).

B' e iasgach prìomh dhòigh-bheatha muinntir Mhiughalaigh mar sin gu cinnteach bha cùisean iasgaich mar a' phrìomh-cheist dhaibh. Thuirt Michael Dhòmhnail, a dh'fhàg Miughalaigh ann an 1907:

Bha na daoine ag iarraidh à Miughalaigh a thaobh 's nach fhaigheadh iad na bàtaichean iasgaich a thoirt ann ... cha b' urrainn dhaibh an gleidheadh sa gheamhradh, na 's t-samhradh cuideachd agus sin an aon bheò-shlàint' a bh' aca, dh'fheumadh iad a bhith ris an iasgach (Storey, 2007, 149).

Tha Buxton fhèin den bheachd: *"Had Vatersay not become 'available' then, people may well have started to leave anyway"* (Buxton, 2008, 8).

Gu cinnteach ghluais cuid do luchd-iasgaich gu Sanndraigh ach chan eil fianais sam bith gu robh bun-structar nas fheàrr ann do na h-iasgairean ann an Sanndraigh. Aig an àm ud, deireadh an 19mh linn, bha poball fhathast a' fuireachd air Beàrnaraigh (Ceann Bharraigh), Sanndraigh agus Pabaigh cuideachd, ach mu mheadhan an fhicheadamh linn bha na h-eileanan seo uile trèigte.

Bho thoiseach na caogadan ar adhart bha struth seasmhach do dhaoine a' fàgail Gabhla.

Bhí an phobal ar an oileán ag laghdú. Bhí uafás agus scanradh ar an dream a bhí fágtha. Bhí beaguchtach ag teacht orthu; dá n-

imíodh cúpla teaghlach eile ní fhéadfadh duine ar bith fanacht ar an oileán (Mac Fhionnlaoich, 1975, 168).

Chùm muinntir Ghabhla sùil air na daoine a bha air an t-eilean fhàgail⁶:

Thóg siadsan tithe úra nua-aimseartha, rinne siad a gcuid iascaireachta as an Bhun Bheag, fuair na cailíní fostú sna tithe ósta sa samhradh, bhí na buachaillí ag iascaireacht ar trálaeirí in Ailt a' Chorráin agus na Cealla Beaga, bhí teilifís sna tithe acu, carranna ag an aos óg agus ba é an chuma a bhí air go ndearna siad an chríonnacht an lá a d'imigh siad (Mac Fhionnlaoich, 1975, 168).

Tha an aithisg seo fíor chudromach oir bha Seán 'Ac Fhionnlaoich fhathast a' fuireachd air Ghabhla nuair a bha e a' sgríobhadh agus chithear bho na facail aige gun robh iadsan a bha fàgte air an eilean a' faireachdainn gun deach am fàgail air cùl. Cuideachd tha e a' taisbeanadh nan adhbharan practaigeach airson fàgail, gun robh cothroman obrach aca air a' mhòr-thìr. Bha telebhisean⁷ ann an gach taigh agus càraichean aig na daoine òga air fad, no sin a shaoil iadsan a bha fhathast air Ghabhla:

Scoil bheag aon oide a bhí ar an oileán, múinteoirí a bhí ag teacht agus ag imeacht, scoileanna móra ar an tír mhór, na páistí ag fáil scoláireachtaí Gaeltachta go dtí Meánscoileanna agus caoi acu postanna móra a fháil ina dtír féin, rud a fuair cuid mhór acu, rathúnas ar an tír mhór nach raibh ann sna triochaidí agus na daichidí, stáisiún leictreachas i Mín a' Chuing, a thug fostaíocht d'fhir óga agus margadh seasmhach do lucht na móna, tithe ósta úra agus aíochta do chuirteoirí a thug fostú do chailíní, caint ar mhonarchana a thógáil ar an Screabán a thabharfadh obair don phobal, áiseanna nua-aimseartha acu, teilifís sna tithe agus carr ag gach aon teaghlach (Mac Fhionnlaoich, 1975, 169).

⁶ Anns an aon dòigh bha muinntir Oileán na gCapall den aon bheachd: “Bhí an saol róchrúa istigh agus bhí feabhas mór tagtha ar an saol amuigh ar an míntír (Ní Chéilleachair, 2005, 61).

⁷ Shaoil muinntir Sgarpa an aon rud. Thuirt Dòmhnail Iain MacAonghais (b' e a theaghlach an teaghlach mu dheireadh ri Sgarp fhàgail): “S na *fifties* 's na *sixties* nuair a bha daoine òga gu h-àraid a' faicinn telebhiseanan ann an àitichean eile 's càraichean 's a chuire rud eile, bha iad airson falbh” (MacInnes, 1992).

Is e liosta fada ioma-chuimseach a tha seo a tha a' toirt iomraidh air na rudan uile a bha poball trèigte a' faireachdainn.

Gun na daoine, cha robh na bùthan airson tighinn dhan eilean. A bharrachd air seo “Bhí na hoícheanta fada sa gheimhreadh uaigneach. Ní raibh solas le feiceáil thart orthu, ach tithe folmha a gcairde a d'imigh” (Mac Fhionnlaoich, 1975, 170). Nuair a chaochail Nora, piuthar Mhic Fhionnlaoich, “Druideadh oifig an phoist; ní thiocthadh fear an phoist níos mó. Bhí an ghuthán fágtha, ach ní raibh sé iontaofa sa gheimhreadh. Ní raibh an dara suí sa bhuaile acu anois ach an tír mhór a bhaint amach” (Mac Fhionnlaoich, 1975, 170).

Bha an crìonadh air a bhith a' tachairt fad greis ach b' e deireadh na sgoile a chuir air teaghlach Uí Fhearraigh an t-eilean fhàgail. Bha oideachas na cloinne gu math cudromach don teaghlach aice:

Sa bhliain 1967 b'éigean do theaghlach s'agam Gabhla a fhágáil mar go ndearna an Roinn Oideachais cinneadh an scoil a dhruid siocair gur thit an clárú faoi bhun deichniúir agus nárbh fhiú leo an scoil a choinneáil foscaite (Úí Fhearraigh, 2008, iii).

Chinntich dùnadh na sgoile trèigsinn an eilein, pròiseis slaodach a bha air a bhith a' tachairt fad ùine mhòr. B' e an dìmeas seo bhon Riaghaltas a chinntich nach robh àite air an eilean do dhaoine òga. A rèir cunntais-shluaigh 1966 bha 43 duine a' fuireachd air Gabhla. Mun bhliadhna 1976, cha robh duine sam bith a' fuireachd ann (Uí Fhearraigh, 2008, iii).

D'imigh na teaghlaigh uilig a raibh páistí scoile acu go tír mór i samhradh na bliana 1967. D'imigh croí an oileáin nuair a d'imigh na lanúineacha óga lena gcuid páistí agus ní raibh sé i bhfad gur druideadh teach i ndiaidh tí go dtí nach raibh fágtha ch Rí Ghabhla, Johnaí Mór Mac Aoidh i Mullach an Aird. Sheas Johnaí an fód go dtí 1975 (Úí Fhearraigh, 2008, 97).

Chithear bho chunntas Shòaigh an aon sgeul a-rithist. Air Eilean Shòaigh, b' àbhaist do phoball làidir a bhith ann ach bho 1851 gu 1951 thuit an àireamh sluaigh bho 158 gu 30, eucoltach ri Gabhla, agus nuair a bha na daoine mu dheireadh a' fàgail ann an 1953 cha robh ach 27 duine

ann (Haswell-Smith, 1996, 121). Ron a' Chiad Chogadh, bha “ceithir air fhichead duine” fhathast a' fuireachd air Sòaigh. Bha e nàdarra don òigrìdh falbh nuair a bha iad nan inbhich (Dillon & MacÌomhair, 1995). Nuair a bha Gordon a' sgrìobhadh mu Shòaigh ann an 1937, bha na h-eileanaich an dùil an t-eilean fhàgail. Bha iad a' cur iarrtasan chun an Riaghaltas. Mura biodh an Riaghaltas toilichte taic a thoirt dhan fhàgail “*those who can do so will leave on their own account*” (Gordon, 1937, 184). Bha fhathast pàistean agus sgoil air Sòaigh ann an 1937. An rud a bha diùltach b' e seasamh a' phobaill: “*This miserable island, they must have reached a pretty miserable attitude of mind to want to label it so*” (Gordon, 1937, 185). Tha Gordon ag aithneachadh gur e beachd agus dòigh-smuaineachaidh nan daoine a tha gan cumail a' dol no a' cur crìoch air am beatha air an eilean:

Soay is in the unfortunate position of having seen great improvements of communication come to the neighbouring district of Skye during recent years without being able to share in these improvements (Gordon, 1937, 179).

Tha e cuideachd a' beachdachadh nach robh an suidheachadh air Sòaigh air atharrachadh ged a bha e soilleir gun robh beachd nan eileanach air atharrachadh.

When the poverty of the soil and the hazards of the sea have been named, the worst has been said about Soay. And these it must be remembered, are natural shortcomings; they have always existed (Gordon, 1937, 185).

Co-dhùnadh

Tha e soilleir gu bheil ìre ann agus nuair a tha eilean a' tuiteam fon bhunstairsneach (*minimum threshold*) seo a thaobh àireamhan, gu bheil e ro anmoch airson am poball a shàbhaladh. Gun teagamh bha deireadh na sgoile a' ciallachadh deireadh na coimhearsnachd mar a thachair sa Bhlascaod agus air Gabhla. Bha aig na teaghlaichean le pàistean, dòchas an eilein, ri fàgail agus chiallaich seo nach robh àm ri teachd ann. Eucoltach ri seo dh'fhuirich teaghlaichean air Miughalaigh leis gun robh

sgoil ann nuair nach robh sgoil fhathast am Bhatarsaigh.

Coimeas eile a tha a' nochdadh anns a' chaibideil seo 's e crìoch nan eileanan beaga. Chaidh na h-eileanan beaga mun cuairt air Gabhla agus Miughalaigh a thrèigsinn san aon linn cuideachd. Thachair e mòran anns an aon dòigh, gluasad seasmhach a dh'ionnsaigh làr-ionad nas motha. Is ann san fhicheadamh linn a thachair cuid mhath dhen ghluasachd cheudna.

Tha e ri fhaicinn, ach gu h-àraidh anns a' Bhlascaod agus an Hiort, nach robh air fhàgail ach seann daoine. Bha beatha nan seann daoine a' crochadh air òigridh agus cha robh an òigridh deònach gabhail ris an t-seòrsa beatha a bhiodh aca air na h-eileanan. Rud a tha a' tighinn tro na cunntasan 's e nach eil e soilleir gu bheil rudan air fàs nas miosa anns na h-eileanan gus an tuit an ìre fon *bhun-stairsneach* agus gu h-obann tha deireadh beatha na coimhearsnachd faisg. A bharrachd, 's e dùil nan eileanach a bha air atharrachadh sna h-eileanan air fad. Cha robh na h-eileanan air fhàs nas iomallaiche, bha an saoghal fhèin air fhàs nas caoile. Mar a chithear gu soilleir an Sòaigh, b' e beachd nan daoine a bha air atharrachadh. Bha misneachd a' phobaill air leth cudromach agus mar a thuir Aalen:

The morale of the island community is another vital but unpredictable factor. Islanders usually have a high degree of interdependence and a sufficiency of population is necessary to the psychological and material security of the community (Aalen, 1969, xviii).

Gun mhisneachd, cha robh am poball deònach fuireachd.

2.2. An fhàgail agus ceist an riaghaltais

Ann an iomadh eisimpleir chluich Riaghaltas Bhreatainn no Riaghaltas na h-Èireann pàirt chudromach san fhàgail. Bha riaghaltais an dà dhùthaich a' strì ri beatha nan croitearan a mhathachadh bhon chiad phìos reachdais.

Ann an Èirinn, chuir Gladstone ‘Irish Land Act 1870’ an gnìomh, nuair a thàinig e gu cumhachd ann an 1868, gus dèiligeadh leis an aimhreit (MacKay, 1996, 143). Ged nach do dh’atharraich seo mòran gu practaigeach, b’ e ceum cudromach a bh’ ann oir bha seo a’ deimhinneachadh gun robh croitearan airidh air còraichean fearainn.

Agus ann an Alba, bha an sgeul coltach gu leòr ri sin. Bhon bhliadhna 1886 gu 1919 chaidh ceithir achdan eadar-dhealaichte a thoirt a-steach ann an Alba airson dèiligeadh ri ceist an fhearainn: *Crofter’s Holdings Act, 1886; Congested Districts Act 1897; Small Landholders Act 1911; agus Land Settlement Act, 1919* (Cameron, 1996, 1). A bharrachd air sin bha dà choimisean, Coimisean Napier, 1883-4; agus An Coimisean Rìoghail, 1892-5 (Cameron, 1996, 1).

Chaidh Bòrd na gCeantar Cúng a stèidheachadh ann an Èirinn ann an 1891: ‘The Congested Districts Board of Ireland was established in 1891 as a form of ‘Constructive Unionism’, a policy aimed at ‘pacifying’ Irish agrarian unrest by a combination of coercive and conciliatory measures’ (Breathneach, 2005, 11). Chaidh bòrd coltach ris, Bòrd nan Sgìrean Dòmhaile, a stèidheachadh ann an 1897 ann an Alba, ‘to develop, in certain parishes, agriculture, fishing and home industries, to create new holdings, to assist migration and to provide public works such as roads, bridges and piers’ (Committee on the Highlands and Islands, 1938, 19). Bha na h-aon seòrsa amasan aig a’ bhuidheann anns an dà dhùthaich.

B’ e gluasad mòr a bha an seo oir bha còraichean agus riaghailtean ann a bha a-nis a’ toirt dìon do na croitearan agus na tuathanaich anns an dà dhùthaich. Dh’fhàs an gluasad ann an Èirinn a-steach gu gluasad airson neo-eisimeileachd. Às dèidh strì, chaidh Saor-stàit na h-Èireann a stèidheachadh ann an Èirinn a deas ann an 1922.

Tron fhicheadamh linn bha barrachd ’s barrachd conaltraidh aig na h-eileanaich leis an riaghaltas aca, agus dh’fhàs am beachd gur e ceist dhan riaghaltas a bh’ ann am beatha nan eileanach.

2.2.1. Hiort agus a’ Bhlascaod

Chaidh faireachdainn cuid de na Hiortaich a chlàradh ann an alt anns an *Daily Mail* ann an 1930, dìreach ro àm na fàgaile. Chrìochnaich an sgrìobhaiche:

The patriarchs of the Island, Mr Finlay Gillies and Mr Finlay MacQueen have resigned themselves to leaving, and it now remains with the Government to evacuate the Island and settle its inhabitants in gentler securer conditions, free from unnecessary peril of sickness, starvation and storm (Quine, 1988, 262).

Thuir a' chiad bhoireannach, Mrs Gillies, “*We all want to leave the Island. My daughter has been ill for a long time and will never get well here*” (Quine, 1988, 261). Mhìnich Mrs MacQueen: “*It was a terrible hard winter and we did not have enough food. Some of us cannot leave the Island without help. I would do any sort of work that could be found for me on the mainland*” (Quine, 1988, 261). 'S e rud mòr a tha seo a chithear sna h-eileanan, nach b' urrainn dha cuid mhòr do na h-eileanaich gluasad gu àite nuadh gun taic air choreigin oir cha robh an t-airgead no na goireasan aca agus cha robh fèill air rud sam bith a bh' aca. Air uairean b' urrainn dha na Hiortaich bathar a reic ris an luchd turais ach a-rithist cha robh mòran fèill orra (Napier Commission, 1884, 871).

'S e pàtran eile a tha a' nochdadh air feadh nan eilean, nuair a thòisich cùisean air na h-eileanan a' dol bhuaithe, gun robh na daoine a' dèanamh nas lugha obrach san àite fhèin agus bha seo a' ciallachadh nach robh iad deiseil airson an ath gheamhraidh. Mhìnich sgrìobhadair an *Daily Mail*:

No preparation for winter has been made and the Islanders are doing less and less work. No cultivation, little fishing, no building has been done. They are placing reliance on some income from visitors and chiefly upon Government help (Quine, 1988, 462).

Nuair a bha lughdachadh ann an dùil is dòchas nan eileanach, chruthaich e cuairt eu-dòchais agus air sgàth seo cha b' urrainn dhaibh fuireachd. Gu tric chaidh am poball bho mhì-shunnd gu neo-sheasmhachd gu clis. Cha robh gu leòr daoine air fhàgail airson an obair a dhèanamh. Tha e cudromach gur e sin fear de na rudan a sgrìobhadh air an tagradh bho 1930.

Several men out of this number have definitely made up our minds to go away this year and to seek employment on the mainland, this will really cause a crisis as the present number are hardly sufficient to carry on the necessary work of the place. These men are the mainstay of the Island at present, as they tend the sheep, do the weaving and look after the general welfare of the widows. Should they leave, the conditions of the rest of the community would be such that it would be impossible for us to remain on the Island another winter (Quine, 1988, 248).

Chaidh taigh ann an Loch Àlainn sa Mhorbhairne a thairgse do gach teaghlach à Hiort, talamh airson feurach, agus 105 latha-oibre air a' mheud as lugha aig Coimisean na Coilltearachd airson nam fear (Gillies, 2010, 72).

Thuirt Niall Fearghastan:

I have no regrets leaving the Island. Life no doubt was a hard one on the Island at times, the work got beyond us, sometimes unable to do it on account of lack of help...Also if the Government had established a regular mail service summer and winter, people would have been far more contented (Gillies, 2010, 110).

A-rithist tha e soilleir gun robh esan den bharrail nam biodh beagan a bharrachd taic bhon Riaghaltas nach biodh aca ri fàgail. Bha muinntir an eilein air a bhith a' cur iarrtais dhan Riaghaltas ag iarraidh conaltraidh don eilean: *“The Islanders many times petitioned the Government to establish a steady mail service to the Island summer and winter”* (Gillies, 2010, 24).

Ri linn Coimisean Napier, chaidh an t-Urr. Iain MacAoidh a cheisteachadh mu bheatha nan eileanach air Hiort. Cha robh conaltradh aig na Hiortaich ach a-mhàin bhon òg-mhìos dhan Sultain: *“for those eight months they are without communication”* (Napier Commission, 1884, 864). Chithear bho Aithisg Napier gu robh seo na dhuilgheadas dha na Hiortaich mar-thà anns na 1880an ach cha deach càil a dhèanamh gus an suidheachadh a dhèanamh nas fheàrr. Bha MacIll'Ìosa den bheachd gum b' e sin am prìomh adhbhar gun do dh'fhàg na Hiortaich:

“The reason that prompted the evacuation, first I would say the British Government refusing to establish a regular mail service during all year round” (Gillies, 2010, 83). Bha cuimhne aig an ùghdar fhèin air tagraidhean dhan Riaghaltas. Cha robh duine sam bith a' toirt taic dhaibh anns a' Phàrlamaid agus le beagan taic: *“I feel positive that life on the Island might have been a little easier”*(Gillies, 2010, 83).

Anns a' Bhlascaod bha na h-eileanaich a' bruidhinn gu cunbhalach le riaghaltas na Saor-stàite, a' feuchainn ri feabhas a chur air an suidheachadh. Nuair a bha cùisean gu dona air an eilean, chuir na h-eileanaich telegram gu Éamon De Valera, Taoiseach na h-Èireann: *“Stormbound, distress. Send food. Nothing to eat”* (Carney & Hayes, 2013, 127). Bha seo ma phàirt den iomairt a bh' aca airson toirt air an Riaghaltas rudeigin a dhèanamh mun t-suidheachadh air an eilean. An sin an 1947 thàinig De Valera fhèin air cuairt gus an eilean fhaicinn. Bhruidhinn am fear a bu shine, Muiris Ó Catháin, ris airson nan eileanach: *“He told De Valera that they were suffering great hardship and they wanted to move to the mainland”* (Carney & Hayes, 2013, 128). Dh'iarr eileanach eile air De Valera; *“Get us some place sir, where we can walk”* (Carney & Hayes, 2013, 128). Bha e a' ciallachadh àiteigin air a' mhòr-thìr gun teagamh. Ach a rèir Uí Chatháin, aig coinneamh agus e air ais am Baile Átha Cliath, ged a chuir De Valera an cèill *“his concern about the decline of the island's living conditions”*, rinn e soilleir nach robh e airson na h-eileanaich a ghluasad (Ó Catháin, 2014, 81). Às dèidh seo bha na h-eileanaich an dùil gum biodh rudeigin a' tachairt gu luath ach nuair nach cuala iad càil, sgrìobh iad litir eile ach cha d'fhuair iad freagairt (Carney & Hayes, 2013, 131).

Sgrìobh iad a-rithist anns an Lùnastal, 1947:

Dear Leader, we are sending you these few lines because we want you to let us know what you are going to do for us. Please let us know immediately for winter is coming and if you do not do anything on our behalf we will have to get some place for the older people and send them to their friends on the Mainland. You know well leader that there is a great privation here that no one could stand with twenty years, only the islanders. If you can't help us we

will have to go across the Atlantic to seek our fortune. Please Taoiseach send us an answer immediately if you please. Yours faithfully, Islanders (Ní Chéilleachair, 2005, 96).

Tha e soilleir gun robh eagal air na h-eileanaich agus nach robh iad a' creidsinn gun robh an dara roghainn aca. Tha an litir cuideachd a' toirt lèirsinn air an cuid fulaing.

Anns an aon dòigh, bha muinntir na Blascaoide den bheachd nach robh an Riaghaltas air gu leòr a dhèanamh: “*I thought the government should do something for the islanders before it was too late*” (Carney & Hayes, 2013, 115). Sgrìobh Mike Carney litir eile dhan Taoiseach sa bhliadhna 1947. Leig Mike cuideam air ceistean cànan gu tric anns an litir agus a' bhuaidh a bha air a bhith aig muinntir na Blascaoide air litreachas na Gàidhlig. Nuair a sgrìobh e an litir cha robh muinntir na Blascaoide air fàgail a chur romhpa fhathast is mar sin bha iad feumach air atharrachaidhean gus fuireachd ann (Carney & Hayes, 2013, 124).

Chaill De Valera an oifis ann an 1948 agus cha do chuir an Taoiseach ùr ùidh anns an t-suidheachadh sa Bhlascaod (Carney & Hayes, 2013, 131). A rèir Mike Carney bha rudan mar aithisgean 's sgrùdaidhean ann ach cha do thachair càil sònraichte mun eilean. “*Frustration on the island went up. Conditions got worse. It was a vicious circle*” (Carney & Hayes, 2013, 132). Bha na h-eileanaich a' feuchainn ri brùthadh a chumail air an Riaghaltas agus sgrìobh iad a-rithist ann an 1952 nuair nach robh ach 28 duine air fhàgail an sin. Thuirt iad, “*We are prepared for any migration, anything to leave the island, but we will be satisfied with a house and one acre, or even a house, on the mainland*” (Carney & Hayes, 2013, 132). Bha ainm Muiris Uí Chatháin, Seáin Uí Ghuithín, Mhuiris Uí Chatháin agus Seáin Uí Chatháin an cois na litreach (Carney & Hayes, 2013, 132). Thaghadh De Valera a-rithist mar Taoiseach ann an 1952 agus thàinig an Riaghaltas dhan cho-dhùnadh na daoine a ghluasad bhon eilean dhan mhòr-thìr.

Ann an Hiort, bha an aon mheasgachadh de bheachdan ri fhaicinn. Am measg nan deugairean, thuirt aon bhalach, “*There is nothing here and I*

will go to Glasgow. I don't know what work I shall do but I shall find something. I will do anything but stay on St Kilda" (Quine, 1988, 262). Thuirt balach eile, Tormod MacFhionghain, *"I will leave too, because the others are going. I don't want to do farm work. Any work however hard, will be easier than life on St Kilda, and pleasanter for the women"* (Quine, 1988, 262).

Bha MacIll'Ìosa air fhàgail mar-thà ach thuirt a mhàthair ris *"that everyone on the Island was unanimous about the move. They all signed the petition, young and old to leave the Island"* (Gillies, 2010, 85).

Sa Bhlascaod cuideachd, bha am poball fìor bhuidheach gun robh e a' tachairt mu dheireadh:

My own feeling was that it was about time. I was still upset that it took the government so long to act when the only practical course of action was so obvious. The evacuation was the right thing to do but it had been delayed for too long (Carney & Hayes, 2013, 137).

Mun àm seo cha robh mòran air fhàgail san eilean, daoine no dòchas, *"It's a ghost town, really. And the ghosts are the souls of my forebears"* (Carney & Hayes, 2013, 137). Bha Máire Ní Chéilleachair cuideachd den bheachd nach robh am poball làidir gu leòr airson fuireachd an sin:

'Theastaigh ó na hoileánaigh féin fágáil nuair a fuair siad amach nach raibh an pobal ansin láidir go leor chun aire a thabhairt dó féin. Bhí siad ansin leo féin scoite amach ón saol mór- gan cabhair sagairt ná dochtúra in am an ghátair' (Ní Chéilleachair, 2005, 8).

Ach cha robh e buileach cho sìmplidh sin ann an Hiort, oir a rèir Lachlainn MhicDhòmhnaill bha fhathast cuid aca nach robh ag iarraidh an t-eilean fhàgail ach cha b' urrainn dhaibh fanachd gun daoine òga. Bha am beagan daoine òga a bha fhathast air an eilean a' ruith mun cuairt a' toirt cuideachadh do gach duine: *"Young men on the Island were very scarce before the evacuation of the Island"* (Gillies, 2010, 62) agus mar sin bha iomadh rud aca ri dèanamh airson nan teaghlaichean agus nan seann bhoireannach gun teaghlaichean. Tha seo uabhasach soilleir bhon

agallamh seo le Lachlan MacDhòmhnail:

So Lachlan was the youngest and not only looked after his mother but as a young man he helped the widow and the aged on the Island. Lachlan was in great demand and called on by his neighbours to do this and that for them. His own sister was a widow and her father-in-law Finlay was well over seventy...So without a shadow of a doubt Lachlan was overworked on account of so few men capable of doing the work that was so essential for their survival on the Island; it takes youth and strength (Gillies, 2010, 63).

Thuir Lachlan fhèin agus e a' bruidhinn ri David Quine: *“The older ones were sorry to be leaving... there was only half a dozen or so that was able to do the manual work. It was time something was done for the Island. I think it was God's blessing the day we left”* (Quine, 1988, 110). Tha e soilleir gu bheil seo a' cur taic ri na thuir Gillies. Cuideachd thuir Lachlan nach robh e toilichte air an eilean tuilleadh às dèidh greis a chur seachad còmhla ri a bhràithrean ann an Glaschu ann an 1927.

Bha an diofar eadar ron a' Chiad Chogadh agus às dèidh a' Chogaidh fìor shoilleir cuideachd ann an eachdraidh Hiort oir mar a thuir Gillies,

before the War St Kilda was a recluse of an Island. Although it had no music, with the exception of the mouth organ, and no time to spend spare from the looms on the long winter night for the ceilidh, they were content for they knew no other life. But after the peace the young men went to the mainland and came back with news of other places, their romance and opportunities (Gillies, 2010, 85-86).

Bha am beachd ann nach robh aon rogha aca ach fàgail: *“The [evacuation] operation was desired by the St Kildians for economic reasons and from every point of view was wise”* (Gillies, 2010, 91). Ann am beachd Gillies bha an toradh seo air sgeul Hiort do-sheachanta: *“For the past eighty years and more, the primitive economic life of the St Kildians has been in the process of decay, and sooner or later the Harebell (am bàta aiseig) or a successor would have had to perform its affecting task”* (Gillies, 2010, 91). Thuir Niall Fearghastan gum b' e

fhèin an duine mu dheireadh a dh'fhàg Hiort agus thuirt e gun do choisich e tron bhaile mus do dh'fhalbh e: “*It was weird passing the empty houses, it was just like looking at an open grave*” (Quine, 1988, 266).

Bha Léan Ó Guithín den bheachd gun robh muinntir na Blascaoide toilichte an t-àite fhàgail mu dheireadh: ”Bhí sé le tuiscint acu nach fada go gcaithfidís é a fhágaint astu féin” (Tyers, 1993, 150) agus mar sin bha e cho math taic fhaighinn bhon Riaghaltas.

Bhí uaigneas orm á fhágaint, maith go leor, ach ní raibh ar shlí eile, mar bhí saol cruaidh curtha isteach againn ann agus bhí a fhios agam cad a bhí romham, tá a fhios agat. Chaithfeá ciall leis. Dá bhfanfá blianta eile ann ag dul in olcas a bheadh an scéal, is ag dul san aois is gan aon áit le fáil amuigh ansin (Tyers, 1993, 155).

Cha robh na h-eileanaich a' taisbeanadh na bha iad a' faireachdainn gu tric ach chuimhnich Breandán Feiritéar air bean Uí Shúilleabháin agus iad a' fàgail an eilein, “Is cuimhin liom go raibh sí ag gol léi di féin fó agus í i mbarr na haille” (Ní Chéilleachair, 2005, 30).

Agus Ó Catháin a' fàs deiseil airson Dún Chaoin fhàgail, dh'iarr e air athair mun bheachd aige agus fhreagair athair:

It's best that you leave this place. Your future is not on the land. And anyway won't you finish your day's work early? Here it never ends (Ó Cathain, 2014, 186).

A-rithist 's e sealladh a tha an seo air na h-atharraichean anns na rudan a bha an òigradh ag iarraidh bhon àm a bha romhpa:

Maybe he saw the futility of that life, the sheer intensity of battling constantly against the elements and having little or nothing to show for it at the end of the day (Ó Cathain, 2014, 187).

Chuir Gearóid Ó Crualaoich cuideam air an aon phuing:

is í an fhírinne gur orthusan féin a bhí an tréigint ag gabháil le hachar fada sa mhéid is go raibh luachanna agus patrúin saoil na nua-aoise ag luí níos déine agus níos déine ar phobal agus ar shochaí an Bhlascaoid le linn na fichiú aoise. An Blascaod féin, d'fhéadfá a rá, a bhí ag tréigean sa mhéid is go raibh an tslí bheatha neamhspleách a bhíodh cheana ag a muintir ag teip agus ag dul i léig de réir mar a bhí athruithe móra eacnamaíochta agus sóisialta

ag dul ar shaol na tuaithe in Éirinn (Ní Chéilleachair, 2005, 32).

Aig toiseach nan caogadan sgrìobh Faeilí, Maraisín Mhuiris, Seán Mhaidhc Léan Ó Guithín agus Maras Mhaidhc Léan *memorandum* a' sireadh cuideachaidh, a-nise nach robh de dh'fhir chomasach air an eilean ach na dh'obraicheadh dà bhàta a-mhàin, agus ag iarraidh air an Riaghaltas an gluasad dhan mhòr-thìr. A rèir Uí Chatháin:

We are prepared for any migration, anything to leave the island, but we will be satisfied with a house and one acre, or even a house on the mainland'... If people at this stage of civilisation and standard of living only realised what hardships of mind and body we endure, we are sure that they would raise their voices and rally to our cause (Ó Cathain, 2014, 85).

Mu dheireadh, air an 17mh là dhan t-Samhain 1953, thòisich an Riaghaltas a' gluasad nan eileanach.⁸ Cha b' urrainn dhaibh ach sianar a ghluasad air an latha sin oir gun robh an tìde 's a' mhuir cho garbh. Bha aca ri stuth an t-sianair sin agus na daoine eile a bha air fhàgail ann a thoirt air latha eile (Carney & Hayes, 2013, 136). Chaidh an toirt dhan Daingean leis gun robh Dún Chaoin ro gharbh airson na bàtaichean fhaighinn a-steach (Ní Chéilleachair, 2005, 99). B' e rud mòr a bh' ann dha Carney gun robh e a' fuireachd taobh ris an eilean. Bha caoraich fhathast aige a' feurachadh air a' Bhlascaoid agus b' urrainn dha dol thairis nuair a bha e ag iarraidh (Tyers, 1993, 155). Dh'fhuirich aon teaghlach air an Bhlascaod airson bliadhna eile mus do dh'fhalbh iad – “*They just refused to leave- for sentimental reasons*” (Carney & Hayes, 2013, 136). B' iad seo teaghlach Uí Shúilleabháin, air an tugadh “*lightkeepers*” a chionn 's nach robh ach iad fhèin air fhàgail sa Bhlascaod. Thuirt athair an teaghlach agus e a' bruidhinn ri Ó Catháin:

When I was young and strong, I never found fault with this place. I

⁸ Thrèig an teaghlach, na daoine mu dheireadh, Oileán na gCapall as dèidh stoirme mhòir san t-Samhain ann an 1959. Bha pàrantan Uí Chéilleachair fìor thoilichte an t-eilean fhàgail oir “thuig siad go raibh an saol ag athrú agus é dainséarach na leanáí óga a bheith ag rámháiocht ar scoil gach lá” (Ní Chéilleachair, 2005, 61).

thought it as good a place as anywhere else in the world. We had fishing and people could depend on one another... Now, there is no-one left. The weather is worsening and the sea is choppy. A boat may not be able to venture out for weeks if I die here. But when I was young, I preferred this place to anywhere on earth. I am heartbroken leaving it (Ó Cathain, 2014, 93).

Bha muinntir Shòaigh ann an conaltradh leis an Riaghaltas mun suidheachadh. Bha na h-eileanaich mì-thoilichte fad ùine mhòr. Fiù 's air ais ri linn Coimisean Napier, thuir 'Alexander MacAskill' à Sòaigh, nuair a chaidh a' cheist a chur air, dè bu chòir don Riaghaltas dèanamh: "*Remove the inhabitants out of the Island altogether*" (Napier Commission, 1884, 349). Chuir An Coimisean a' cheist a-rithist air airson deimhinneachadh agus thuir e: '*We want to be removed*' (Napier Commission, 1884, 351).

Bha tagradh aca ag iarraidh barrachd conaltraidh ann an 1937 cuideachd.

We, the inhabitants of this island, beg to approach you again regarding the conditions under which we live ... The Government have done nothing whatever towards the redress of our grievances ... The only solution to our problem is to give us an inward and outward call weekly per Mallaig and Outer Isles mail steamer (Gordon, 1937, 175).

Bha iad air bogsa-fòn fhaighinn mun àm seo ach cha robh e ag obair ach fìor-chorra uair agus nuair a bha an tìde gharbh, bu bheag an seansa gum biodh e ag obair. Bha am beachd aig aon eileanach gur e ceist dhan Riaghaltas a bh' ann: "*That's the government's business. It's up to them to arrange things for us*" (Gordon, 1937, 184).

Ann an 1947 a-rithist dh'iarradh air a' Bhall Pàrlamaid ceanglaichean nas fheàrr a stèidheachadh ri Mallaig no na daoine a ghluasad dhan mhòr-thìr (Reed, 2002, 68). Mu dheireadh cheannaich Roinn an Àiteachais 30 acair fearainn agus 170 acair de dh'fheurach coitcheann aig Creag an Iubhair (Muile) do mhuinntir Shòaigh. Bha seo taobh ris an tràigh agus an cothrom ann airson iasgach giomaich (Reed, 2002, 67).

2.2.2. Miughalaigh agus Gabhla

Thug fàgail Miughalaigh còig bliadhna uile gu lèir (Buxton, 2008, 7-8). Nuair a chaidh eileanaich gu Bhatarsaigh airson sabaid airson croitean fhaighinn air Bhatarsaigh, no àite sam bith ach a-mhàin am Miughalaigh, bha iad ann an conaltradh ri Bòrd nan Crìochan Dòmhair agus tha na faireachdainnean aca soilleir bhon litir seo le Niall Mac a' Phì a bha a-nis air Bhatarsaigh agus e a' bruidhinn air uachdaran ag iarraidh orra Bhatarsaigh fhàgail:

We know it, My Lord, it is the Board's dastardly attempt to compel us to go back to the barren island of Mingulay. It shall never never be, My Lord, it is better a thousand times to die here than to go through the same hardships which were our lot on that Island (Buxton, 1995, 126).

Tha na faclan seo fìor làidir agus nan cunntas air na shaoil iad mu Mhiughalaigh. Tha Mac a' Phì a' feuchainn ri cuideam a chur air cho dona is a bha cùisean air Miughalaigh, airson fuireachd san àite ùr gun teagamh ach is dòcha gun robh e cuideachd a' creidsinn nam faclan.

Nuair a chaidh sianar gu Sanndraigh anns an Dàmhair ann an 1908 airson talamh, sgrìobh còignear gu Bòrd nan Croitearachd mu Shanndraigh:

We are satisfied that it is a most suitable place for us as lobster fishing to make a fairly decent living and we will be very thankful if we are given holdings here instead of the impossible place of Mingulay where hitherto we have been trying to make a living among such dangerous surroundings (Buxton, 1995, 126).

Cha robh laimhrig air Sanndraigh mar sin bha fhathast an aon dragh aca leis na bàtaichean, ach chithear bho seo nach b' e sin an t-aon rud a bha a' cur a-staigh orra.

San Lùnastal 1908 bha ceithir teaghlaichean deug bho Mhiughalaigh air Bhatarsaigh. Bha sia teaghlaichean, 26 duine, fhathast air fhàgail air Miughalaigh ach bha iad an dùil fàgail cuideachd (Buxton, 1995, 128). Mu dheireadh nuair a chaidh na croitean air Bhatarsaigh a roinn, bha aon trian aca aig muinntir Mhiughalaigh, nam measg triùir a bha às dèidh

gluasad gu Sanndraigh (Buxton, 1995, 129). A rèir Buxton:

Even after the official settling of Vatersay a handful of people hung on in Mingulay. Fishing continued; twelve fishermen and boys were recorded in 1909, 1910 and 1911. A few families with children, such as John MacLean's, may have stayed because of the school; there was no school in Vatersay until June 1910, two months after the closure of its predecessor in Mingulay (1995, 129).

Chlàraich Bòrd nan Crìochan Dòmhaile anns a' Ghiblean 1911 gun robh 11 inbhich fhathast ann bho 6 teaghlaichean. Bha ceithir teaghlaichean ann fhathast bhon chlàradh ann an 1908 agus a bharrachd air sin bha na daoine a bha air a bhith ann an Sanndraigh (Buxton, 1995, 129). *“All of the Islanders were said to be anxious to leave (as they had been three years earlier”* (Buxton, 1995, 129).

Mun Lùnastal 1911 cha robh ach ceithir teaghlaichean fhathast ann (Buxton, 1995, 130). 'S ann an 1912 a bha Miughalaigh gu tur falamh, nuair a dh'fhàg Michael MacNeil (An Rìgh) an samhradh sin (Buxton, 1995, 130).

Eucoltach ri muinntir Mhiughalaigh, cha robh ceangal aig an Riaghaltas ri cùisean ann an Gabhla, ged a bha an Riaghaltas air fòn fhaighinn do mhuinntir Ghabhla aig toiseach nan caogadan (ach b' àbhaist don fòn a bhith air a bhriseadh) (Mac Fhionnlaoich, 1975, 22). Bha 'Ac Fhionnlaoich fhèin den bheachd nach robh ùidh sam bith aig Riaghaltas Èire annta: *“Cad é an diabhal a bhí an rialtas a dhéanamh, nó an raibh fhios acu go rabhamar anseo ar chor ar bith”* (Mac Fhionnlaoich, 1975, 22).

Bha an fhàgail fhèin fìor mhuladach do mhuinntir Ghabhla: *“Chruinnigh na comharsana isteach ansin agus thosaigh an caoineadh. Bhí mise ag caoineadh fosta ach ní raibh a fhios agam cad chuige”* (Uí Fhearraigh, 2008, 3).

Bha cuimhne aig Uí Fhearraigh air an latha a dh'fhàg iad an t-eilean:

Tháinig sí anuas i ndiaidh tamall fada agus dúirt sí ‘Seo, bhuel,

rachaidh muid chun bealaigh le cuidiú Dé' agus shiúil sí amach an doras agus níor amharc sí ar ais ní bha mhó. Bhí m'uncail, Neidí Jimí Mac Suibhne ar an inneall, na comharsana Hughie Hiúdaí Shíle Ó Rabhartaigh ar an stiúir agus scaoil Johnaí Mhicí Ruaidh Ó Domhnaill na rópaí agus d'fhág muidinne Gabhla, an baile ina rugadh agus tógadh muid agus thug muid ár n-aghaidh ar shaol úr (Úi Fhearraigh, 2008, 4).

Eucoltach ann an dòigh ri Gabhla, cha d'fhuair muinntir Sgarpa an laimhrig aca gu meadhan nan tritheadan. Cha deach laimhrig ann an Hùisinis a thogail gu ruige deireadh nan caogadan. 'S ann air a' chùis seo a sgrìobh James Shaw Grant san *Stornoway Gazette* anns a' bhliadhna 1959:

Hushinish pier was not built when there was a living community on Scarp with the vitality to survive. It was built by a procrastinating government just in time to make it easier for the last survivors to get out (MacLennan & MacKay, 2001, 10).

Ghluais an teaghlach mu dheireadh gu Gobhaig sna Hearadh sa bhliadhna 1971 (MacLennan & MacKay, 2001, 8).

Co-dhùnadh

Tha e follaiseach gun robh a' chuid as motha do na h-eileanaich mì-thoilichte mun fhàgail ged a thuig iad, nas fheàrr na duine sam bith, na h-adhbharan. Anns a' Bhlascaod agus an Hiort, oir cha robh fhios aig na daoine na bha a' tachairt, cha robh iad ag ullachadh airson teachd a' gheamhraidh, rud a bha a' ciallachadh nach b' urrainn dhaibh fuireachd co-dhiù.

A-rithist tha ceist an Riaghaltas a' nochdadh gun fhreagairt shoilleir air dè dìreach a rinn riaghaltasan Bhreatainn no na h-Èireann. Uaireannan rinn iad gu leòr airson taisbeanadh gun robh rudeigin ga dhèanamh aca ach gu tric cha robh gu leòr sa ghnìomh fhèin airson taic cheart thoirt dhan phoball. Mar a chithear bho shuidheachadh Shòlaigh bha am beachd ann gun robh e mar dleastanas dhan Riaghaltas taic a thoirt do na h-

eileanaich gluasad bhon cruaidh-chàs. Cha robh eilean san rannsachadh seo nach robh poball an eilein air sgrìobhadh dhan Riaghaltas a lorg taic air choreigin. Tha seo a' taisbeanadh nach robh na h-eileanaich sgarta bho ghnàth-tachartasan na tìre.

Bha pròiseas slaodach ann gu tric le fàgail an eilein. Bha na h-eileanaich air sgrìobadh airson greis fhada mar a thachair ann an Sòraigh. Ach mu na tritheadan, agus fiù 's ron àm sin mar a chithear bho sgeul Mhiughalaigh, bha e na b' fhasa dhan riaghaltas Bhreatannach na daoine a ghluasad na seirbhisean a thoirt dhaibh:

The Scottish Office and the Congested Districts Board seem to have encouraged the evacuation of the small islands [off Barra] in the end because they were keen to avoid the risk of anyone remaining there squatting on Vatersay at a later date. Having made the commitment to the majority by giving them Vatersay, they may have felt a responsibility for the remainder. Having a few people scattered about in remote islands who might have needed services such as health and education would have been expensive and inconvenient. The state was taking an increasing role in island life, but there were limits to the size of communities on small islands it was considered economic to support. Hence the decision not to settle any crofters on Sandraigh, largely because providing a school would have been expensive. Such considerations were also behind the willingness to fund the evacuation of St Kilda in 1930, for example (Buxton, 1995, 131).

Bha e tòrr na b' fhasa don Riaghaltas na h-eileanaich a ghluasad: *'The experience of economic problems in the 1930s had convinced government officials that the classic crofting system was too vulnerable to be allowed to continue'* (Cameron, 1996, 203).

Ann an Èirinn, bha e soilleir gun robh BSD soirbheachail anns na bha iad a' feuchainn ri dèanamh:

The CDB managed to raise living standards significantly, as is clear if one compares sample family budgets compiled in 1891 with

those of 1919. Data compiled by the 1923 Drew Commission showed that an institution like the CDB was highly necessary to ensure sustained and further growth in the west (Breathnach, 2005, 173-174).

Ach cha do chleachd Saorstàit na h-Èireann an dòigh seo agus rinn e cron air sgìre na Gàidhealtachd:

Saorstát Éireann regressed to a general policy in which the congested districts did not receive priority; ... the Gaeltacht withered away in independent Ireland. However, no Saorstát measure was out in place, and by the time Comisiúin na Gaeltachta reported in 1926, conditions in these areas had deteriorated' (Breathnach, 2005, 173-174).

Fiù 's às dèidh sin cha do rinn iad càil shònraichte gu ruige stèidheachadh Roinn na Gaeltachta ann an 1956 (Breathnach, 2005, 174).

Pàirt 3: As Dèidh na Fàgaile

3.1. Cuimhne nan Eileanach

Nochd iomadh beachd eadar-dhealaichte bho eileanaich às dèidh na fàgaile. Bha measgachadh de dh'aithreachas agus de bhuidheachas air na h-eileanaich. Thèid sùil a thoirt air na taobhan diofraichte den trèigsinn agus na bha na h-eileanaich fhèin a' faireachdainn.

3.1.1. Hiort agus a' Bhlascaod

Cha robh na Hiortaich uile cinnteach mun fhàgail. Bha adhbharan eugsamhail airson an fhàgail agus nochd seo anns na h-adhbharan diofraichte a dh'ainmich na h-eileanaich. A rèir Gillies; “*I'm thoroughly convinced that the main reason for the evacuation in 1930 was lack of manpower*” (Gillies, 2010, 18). Ach b' e seo, toradh air na thachair dhan phoball.

Bha barail aig Calum Fearghastan, ùghdar *Hiort: far na laigh a' Ghrian* (1998), air an adhbhar a dh'fhàg na Hiortaich:

Àite duilich chruaidh a bh' ann an Hiort airson bhith beò. Nam bheachd-sa 's measgachadh dh'adhbhair, cho doirbh 's a bha e a' fàs buntàta, eòrna 's coirce, an pàirt a bha aig an eilean ann sa chogadh, bha iad a' cluinntinn mu shaoghal eile, “a' faighinn eòlais air na dòighean a bha taobh a-muigh Hiort fhèin (Ferguson, 1995).

A bharrachd air sin bha Fearghastan den bheachd gum b' e am fàgail gu Astràilia ann an 1852 a thòisich an lùghdachadh (Ferguson, 1995).

Aig àm na fàgaile, a rèir Fheargastain “bha iad toilichte 's bh' iad muladach agus bha bròn orra” (Ferguson, 1995). Tha esan den bheachd a-rithist nach robh an dara roghainn aca oir gun do dh'fhàg na daoine òga agus “bha e do-dhèanta do na cailleachan 's na bodaich” fuireachd an sin a' strì air na creagan 's ag eunachadh (Ferguson, 1995).

Bha Fearghastan cuideachd den bheachd gun robh gach taobh den bheatha doirbh ann an Hiort:

bha e duilich da-rìreabh buntàta na eòrna na coirce a bhith agad airson nuair a thigeadh an Geamhradh tron an oidhche bha sin, glè thrìc bha na truaghain a bha a' cailleadh chuile rud a bh' aca (Ferguson, 2000).

Coltach ris a seo nuair a cheistich Padraig Tyers, Seán Ó Guithín mu na h-adhbharan a dh'fhàg e a' Bhlascaod, thuirt e:

Is é an chúis is mó a bhí leis, is dócha, bhí na daoine ag dul san aos, agus ní raibh aon duine óg ag éirí suas ann ach an méid a bhí ann, agus níorbh aon áit do dhaoine críonna in aon chor é (Tyers, 1993, 147).

Bha màthair Uí Chatháin toilichte gu leòr a bhith ann an Dún Chaoin cuideachd. Chuala Gearóid i ag innse dha luchd-turais:

We had to leave. There was hardly anyone left. We were depending on Naomhógs to bring us in and out. Bad weather often made the crossings impossible . We left because it was difficult to live there with so few people. It was hard to live there without a school. We were sad leaving the island, but the people in Dunquin were welcoming (Ó Cathain, 2014, 157).

Do Lachlann Dòmhnallach, a bha air Hiort fhàgail, bha iad a' faireachdainn mar gun robh iad air gearradh air falbh bhon t-saoghal, “sin mar a bheas” (Dòmhnallach, 1985). Bha Lachlann am measg a' bhuidheann a bha airson Hiort fhàgail. “Cha robh ach mar gum b' eadh e a' sgrìobadh airson beatha a dhèanamh an sin. Taing gun do Dhia gun dh'fhàg sinn an t-àite” (Dòmhnallach, 1985).

Chaidh buidheann aca air ais gu Hiort ann an 1932 airson caoraich a chruinneachadh bho Shòraig (Hiort) agus na caoraich a ghluasad gu Hiort. Bha deichnear eileanach ann agus a rèir an Fhearghastanaich cha robh iad air a chèile fhaicinn fad bhliadhnaichean. Nuair a bha iad ann chùm an antaidh aige, Annie, a ràdh: “*I wish we had never left here.. I*

feel so happy, as if we had never left here” (MacDonald, 2010, 75).

Chreid Gillies gun robh a mhàthair toilichte le a beatha ann an Loch Àlainn. Bha bean-bhràthar an ùghdair toilichte le a beatha cuideachd agus mar a thuirt i:

I don't wish to remember anything about the life I lived on St Kilda. I want to forget it. That life is certainly behind me and I do not want to even go back for a visit...those that wish to go let them go, but that won't tell them of all our hardships long ago (Gillies, 2010, 72).

Thuirt bràthair MhicIll'Ìosa cuideachd nach robh e air a bhith air ais bho àm na fàgaile agus nach robh e ag iarraidh tilleadh idir (Gillies, 2010, 72).

Ann an coimeas ris na Hiortaich, bha a' mhòr-chuid de mhuintir na Blascaoide a' fuireachd taobh ris an eilean. Bha Ó Cathain den bheachd gu robh Maidhc Faight agus a' phiuthar aige toilichte gu leòr ann an Dún Chaoin (Ó Cathain, 2014, 149). Chùm a' chuid as motha aca orra dìreach mar a bha, iad a-nis a' fuireachd tarsainn bhon eilean.

Seán Mhaidhc Léan and Maras Mhaidhc Léan continued to fish, mainly for mackerel and lobster, and tended to their sheep on the Great Blasket. They seemed pleased with the move and Seán Mhaidhc Léan once said 'we knew that we would all have to leave sooner or later. We couldn't leave it too late, either. Soon, I'd be too old to leave. If we didn't leave then, we wouldn't have been relocated. We left when we got the chance. We didn't know how easy life could be until we left. If you wanted to plough on the mainland, you'd use a tractor. The work was far easier than it was on the island. We couldn't use a scythe to reap oats. We didn't even have a harrow (Ó Cathain, 2014, 151).

Bha an gluasad air taisbeanadh dhaibh nach robh am beatha cho doirbh air a' mhòr-thìr is a bha i air an eilean. B' e sin a shaoil iad ron fhàgail agus bha iad cinnteach as dèidh na fàgaile.

Bha aig Seán Mhaidhc Léan ri obair a dhèanamh don teaghlach uile agus iad air a' Bhlascaod leis gun do chaochail a athair agus e 12 (Ó Cathain,

2014, 151).

Bha iad a' feuchainn ri cumail a' dol mar a b' àbhaist dhaibh ged nach robh iad air an eilean tuilleadh. Bha beatha Tiúit mòran mar a bha 's e a' fuireachd air an eilean agus b' e an t-aon sgeul le cuid mhath do na seann-daoine.

He kept goats, cut turf, rowed to the Great Blasket and Inis Tuaisceart with my father and others to mind the sheep and spent his nights visiting neighbours or chatting in Krugers. His companions were mainly islanders, the people he had known all his life. Somehow, I felt his heart was still on the Great Blasket and that he would have liked to see out the end of his days there (Ó Cathain, 2014, 148).

Ged nach robh iad a' fuireachd air an eilean tha e soilleir gun robh iad fhathast fo dhraoidheachd an eilein: ‘Níl lá dá dtagann ná go dtugaimid turas ar bhóithrín na smaointe agus sinn ag cur síos ar ár n-óige agus ar ár muintir ar an mBlascaod Mór’⁹(Ní Chéilleachair, 2005, 40). Bha Seán fhèin den bheachd: ‘Beidh an tOileán i mo cheann go deo, ag cuimhneamh air go deo. Ach fós is fearr liom a bheith amuigh anois’ (Tyers, 1993, 160). Bha fhios aca gur e cùis shònraichte a bh’ anns an fhàgail.

Bha Seán Pheats Tom toilichte gun do ghluais iad gu Dún Chaoin agus thuir e gu tric ri athair Ghearóid gur e àite àlainn a bh' ann agus gun robh na daoine laghach (Ó Cathain, 2014, 36).

Bha a’ mhòr-chuid de na Hiortaich den aon bheachd cuideachd. Thuir nàbaidh a bha aig Gillies, nuair a choinnich iad ann an 1937, a bha a-nis a' fuireachd ann an Loch nam Madadh, gum bu chòir gun do thachair am fàgail bliadhnaichean mus do thachair e (Gillies, 2010, 95). “*He maintained making a living on the Island was a hard one, hard work and*

⁹ Chaidh a’ cheist a chur air Sgarpa agus e a' fuireachd sna Hearadh: “An robh sibh ag ionndrainn Sgarpa nuair a thàinig sibh a-nall gu na Hearadh?” “Bha, chan eil fios 'am an aideachadh iad seo ach chanainn-se seo, a chuile teaghlach a dh'fhalbh as a Sgarpa, gu bheil 'ad ga h-ionndrainn ann an dòigh air choreigin” (MacInnes, 1992).

getting nowhere. He went on to say that he had no regrets leaving the Island” (Gillies, 2010, 95). Chuir Gillies a' cheist cuideachd air bantrach MhicDhòmhnail a dh'fhàg an t-eilean le a teaghlach aig toiseach nam ficheadan: “*She said that she was extremely sad when the news of the evacuation came to her*”, bhruidhinn i air spiorad na coimhearsnachd agus thuirt i:

Nevertheless my husband and I found it very hard to raise eleven of a family, the Naval men visiting our homes continually describing life on the mainland and our oldest boy in the army; and when he was home on his last leave he urged us to leave the island, and to give the rest of the family a chance to better themselves on the mainland (Gillies, 2010, 96).

Thuirt i gun robh an fhàgail “*indeed for our betterment*” (Gillies, 2010, 96). Bha MacIll'Ìosa ann an Làrach Beag sa bhliadhna 1937 agus bha cruinneachadh ann de Hiortaich. Cha robh ach duine a-mhàin ann a thuirt gu robh duilichinn orra mun eilean fhàgail, b' i sin màthair Nèill Fhearghastain. Chuala Gillies nach robh i toilichte a-riamh air a mhòr-thìr ach cha robh ise a' fuireachd ann an Loch Àlainn còmhla ris a' chuid eile ach air Galldachd ann an Cinn Chàrdainn agus “*the isolation got her*” (Gillies, 2010, 109).

Bha a' choimhearsnachd a bh' aca air Hiort air tighinn gu crìoch agus b' e seo an rud bu throm-chùisiche mu fhàgail an eilein do chuid do na Hiortaich.

The families who had for generations lived as one community were scattered far and wide and not kept together as a unit. Many of the older folk were broken hearted because they now found themselves uprooted and set down among strangers. Often these people spoke in a different tongue to the St Kildans and the elders would never be able to communicate. They were sentenced to a life of loneliness merely because nobody had the foresight to keep the community intact- or was it the extra costs this would have incurred (Gillies, 2010, 71).

Bha e uamhasach doirbh air na h-eileanaich nach robh iad uile a

fuireachd taobh ri taobh, bha seo fìor do mhuinntir Hiort agus muinntir na Blascaoide:

During our time on the Great Blasket, we had lived as a community. Now everyone was scattered on the mainland. Like us, Tiúit moved into one of the evacuated houses in Dunquin, as did Maidhc Faight and his sister Mary (Ó Cathain, 2014, 93).

B' e “Tír na nÓg” a bha san t-seann eilean, mar a thuirt màthair Mháirín Ní Laoithe-Uí Shé (Ní Chéilleachair, 2005, 38). Ann an cunntas Niamh Ní Chriomtháin-Uí Laoithe cuideachd, thuirt i gun robh a “seanmháthair croibhriste tar éis dúinn fágaint” (Ní Chéilleachair, 2005, 38).

Agus le teaghlach eile a bha air gluasad dhan mhòr-thìr, nuair a chuir iad a' cheist air an nighean aca, Niamh, an robh i nas toilichte air a' mhòr-thìr thuirt i gun robh i nas toilichte air an eilean (Leahy, 1983, 90). Bha Éibhlís Ní Shúilleabháin fhèin toilichte a bhith air a' mhòr-thìr: *‘To tell you the truth I am glad (in spite of being lonely after them) of being out in the cold and dreary nights and winter’* (Leahy, 1983, 91).

Do na Blascaodaigh bha an sgaradh bhon choimhearsnachd mar adhbhar iomagaine cuideachd. Am beachd Uí Chatháin *“the islanders were different, a people apart”* bho mhuinntir na mòr-thìre (Ó Cathain, 2014, 6). Ach aig an aon àm bha a' mhòr-chuid do mhuinntir an eilein air fad a' fuireachd air a' mhòr-thìr mun àm seo co-dhiù. Bha tòrr conaltraidh ann eadar na h-eileanaich agus iadsan a dh'fhàg leis gun robh caoraich fhathast aig gu leòr aca air an eilean. Do Ghearóid a bha air a' Bhascaod fhàgail aig an àm:

for me living in Dunquin was great fun and I had no wish to go back to the Great Blasket. The thought never crossed my mind, even though I was reminded of the island every day, as I could see it from our back garden (Ó Cathain, 2014, 130).

'S cinnteach leis gun robh a' Bhascaod fhathast mar chuid dhan t-saoghal aca, bha ainmhidhean aca ann, nach robh iad ga h-ionndrainn. Cha robh a' mhòr-chuid aca fada air falbh bhon eilean idir. Agus rinn eileanaich na Blascaoide an dìcheall a' choimhearsnachd a chumail a' dol: *“Tiúit called to see him most nights and they chatted well into the small hours, just as they had always done on the Great Blasket”* (Ó

Cathain, 2014, 113).

Thuir Mairín Ní Dhuinnshléibhe, agus i a' bruidhinn air fàgail an eilein: “Chaitheamar é fhágaint, níor thréigear é” (Ní Chéilleachair, 2005, 38). Bha an sgaradh seo cudromach do gu leòr do na h-eileanaich oir bha cuid aca a' smaointinn gun robh iad air an sinnsearan a thrèigsinn agus mar sin bha e cudromach dhaibh nach robh roghainn ceart aca ach a fàgail.

Nuair a chuir Gillies ceist air Tormod MacFhionghain a bha air a bhith a' fuireachd ann an Taigh a 1 air phrìomh-shràid Hiort, fhreagar e: “*I have no regrets, right enough it was sad leaving the island but however no matter how sad it may have seemed at the time, it was beneficial*” (Gillies, 2010, 93).

Agus eucoilteach ri màthair Mhairín Ní Laoithe-Uí Shé, bha na teaghlaichean a bha air fàgail a' toirt “*paradise*” air an àite far an do ghluais iad air a' mhòr-thìr (Quine, 1988, 238).

3.1.2. Miughalaigh agus Gabhla

Coltach ris na h-eileanan eile cha robh muinntir Mhiughalaigh a' smaointinn gun robh rogha aca:

“B' èiginn a thug air daoine Miughalaigh fhàgail” (Storey, 2007, 153).

Tha Ben Buxton a' cur na ceiste: ‘*What was it like leaving Mingulay? A relief in many ways, no doubt, although the first few years, before people got their crofts and could build proper houses, must have been hard*’

(Buxton, 1995, 130). Ged a bha Miughalaigh faisg gu leòr do Bharraigh, thagh cuid aca gun ghluasad dha Bhatarsaigh: “*the Mingulay people didn't find it easy to fit in with the Barra settlers, and kept to themselves. At least one family opted for Glasgow in preference to Vatersay*” (Buxton, 1995, 130).

Do na seann daoine a bha air Miughalaigh fhàgail bha e doirbh dhaibh gluasad gu Bhatarsaigh. “*Mary Campbell always preferred Mingulay to Vatersay*” (Buxton, 1995, 131). Thuir Bean Mhìcheil Eachainn:

Cha do chòrd Bhatarsaigh riamh riumsa – b' fheàrr leamsa fichead uair a bhith am Miughalaigh. B' fheàrr leam a bhith ann nam biodh triùir eile còmhla rium! Ach bha e cho fiadhaich an àm a' gheamhraidh. Cha robh duine bochd no beairteach ann: cha robh 'ad ach car cothromach. Cha robh breith air leth air an dara duine seach an duin' eile. Cha robh sgath lochd ann an duine ri duin' eile. Cha robh 'ad ach a' faicinn an aon rud aig gach duine – an aon dol 's an aon dòigh 's an aon tighinn 's an aon fhalbh (Storey, 2007, 153).

Ach don òigridh bha an caochladh fìor:

Ann am beachd gu leòr dhen chloinn a rugadh 's a thogadh ann an Eilean Bhatarsaigh an dèidh do dhaoine à Miughalaigh 's à Barraigh gluasad ann – an ath ghinealach – cha robh àite air an t-saoghal cho math ri Bhatarsaigh (Storey, 2007, 152-153).

A-rithist am Miughalaigh chithear gu robh diofar mòr eadar coimhearsnachd an eilein agus mar a bha cùisean às dèidh na fàgaile.

'S e an rud bu mhiosa a bhuail orra (nuair a dh'fhàg iad) – iad a bhith bho chèile. Cha robh iad cho goirid sin dha chèile ann. Nuair a choimheadas tu air a' bhaile bheag timcheall ort an seo ann am Miughalaigh, tha iad cho faisg air a chèile, a h-uile taigh. Cha robh iad ach mar gum biodh aon teaghlach mòr (Storey, 2007, 161).

Ged nach eil Bhatarsaigh mòr mar àite, bha sgolt anns a' phoball bhon uair a dh'fhàg iad Miughalaigh.

Aon uair 's gun deachaidh an sgaoileadh gu fiù 's Bhatarsaigh fhèin, ged nach eil e cho fìor mhòr, bha iad fhathast pìos math bho chèile. Cha robh an aon dàimh tuilleadh ann. Chaidh sin a bhristeadh an latha dh'fhàg iad an t-eilean' (Storey, 2007, 161).

Tha e soilleir nach robh an saoghal furasta do mhuinntir Ghabhla a bharrachd agus iad a' fàgail. Cha robh an Riaghaltas an sàs sa ghluasad is mar sin bha dùbhlain eile aca:

B'èigean daofa talamh a cheannacht, tithe a thógáil, caorán a fháil ar cíos agus dul i dtaithe ar shaol úr. Bhí orthu éirí cleachtaithe le

comharsana úra agus ní raibh mórán ama spáráilte acu le caitheamh ar an oileán a d'fhág siad (Úi Fhearraigh, 2008, ix).

Dh'fhuirich aon fhear air Gabhla bliadhna nas fhaide na duine sam bith eile: “Tugadh 'Rí Ghabhla' ar Johnaí mar gurbh é an duine deireanach a chónaigh ar an oileán. Chónaigh sé ansin leis féin ar feadh cúpla bliain go dtí 1975 nuair a bhog sé go Glaschú” (Úi Fhearraigh, 2008, 11).

Air Oileán na gCapall, bha Ní Chéilleachair den bheachd gun robh beatha a màthar tòrr na b' fhasa na mar a bha i air ais air an eilean. Tha i a' crìochnachadh air an abairt “Cé nach bhfillfinn go deo ar an ainnise a bhàin le hoileán mo dhúchais mar sin féin braithim uaim i gcónaí é. Do b' é oileán m'óige a bhí ann” (Ní Chéilleachair, 2005, 63).

Co-dhùnadh

Bha sgeul gu math coltach ri chèile aig Hiort agus a' Bhlascaod. Bha a' mhòr-chuid do na seann daoine ag iarraidh fuireachd ach cha robh gu leòr òigrìdh ann airson a' choimhearsnachd a chumail a' dol. Bha na daoine òga, mar as trice, toilichte fàgail.

Bha iomsgaradh ann eadar an seann saoghal agus an saoghal ùr (nuadh) seo. Mar a chithear ann an Oileán na gCapall, bha na h-eileanaich ag ionndrainn na seann dòigh-bheatha ged a bha iad buidheach nach robh iad fhathast air an eilean. Bha an sgeul coltach ri seo do mhuinntir Sgarpa cuideachd.

Bha diofar mòr ann eadar muinntir na Blascaoide a bha a' fuireachd dìreach tarsainn bhon Bhlascaod agus muinntir Hiort a bha ann an Loch Àlainn. Bha a' Bhlascaod fhathast mar phàirt de bheatha nam Blascaodach, rud a bha gu math eadar-dhealaichte bho mhuinntir Hiort.

Co-dhùnadh

Ann an rannsachadh choimeasach seo thugadh sùil air seachd eileanan sònraichte. Rinneadh coimeas air na suidheachaidhean eadar-dhealaichte air na h-eileanan diofraichte ron an fhàgail agus às dèidh na fàgaile, agus air an dòigh a bha na h-eileanaich a' dèiligeadh ris na duilgheadasan a bha aca.

Bha na h-eileanan freagarrach do dhaoine air feadh greis fhada a rèir an eilein ach is cinnteach nach robh iad freagarrach don chinne-daonna anns an fhicheadamh linn. Tha mion-fhiosrachadh na fàgaile eadar-dhealaichte air gach eilean ach aig an aon àm tha iad coltach gu leòr ri chèile. Chan e gun robh am poball air na h-eileanan seo mì-thoilichte an-còmhnaidh; chan e gun robh iad fìor thoilichte an-còmhnaidh, ach 's e gu ìre àraidh nach robh rogha aca. Dh'fhuirich iadsan a bha deònach, rinn iad an dìcheall maireachdainn bho latha gu latha. Mar a thuirt Gordon:

When the poverty of the soil and the hazards of the sea have been named, the worst has been said about Soay. And these it must be remembered, are natural shortcomings; they have always existed (1937, 185).

Cha robh càil mun eilean air atharrachadh. B' e an rud bu mhò a dh'atharraich na roghainnean a bha romhpa. Bha rogha ann a-nis. Bha rogha ann eadar maireachdainn agus feuchainn ri rudeigin eile dhèanamh. Tron fhicheadamh linn bha leasachaidhean a' tachairt air a' mhòr-thìr agus carson nach biodh na h-eileanaich ag iarraidh na cothroman ceudna. Bha rogha ann dhaibhsan gluasad dhan mhòr-thìr no iarrtas a dhèanamh airson leasachadh a dhèanamh air an eilean. Bu chroitearan a' chuid as motha do na h-eileanaich gun teagamh. Ann an iomadh dòigh b' e rogha do na riaghaltasan a bh' ann, rogha taic cheart a thoirt no gun a thoirt. An i ceist chòraichean daonna a bh' ann? Cha robh na h-iarrtasan mòr. Thuirt Gillies agus e a' bruidhinn air sgaradh nan Hiortach: *“They were sentenced to a life of loneliness merely because*

nobody had the foresight to keep the community intact- or was it the extra costs this would have incurred?” (2010, 71).

A rèir na fianaise cha robh na riaghaltasan toilichte beagan a bharrachd airgid a chleachdadh airson am poball a chuideachadh. Thàinig piseach beag air bheag tron fhicheadamh linn ach gu tric cha b' urrainn do na coimhearsnachdan eadar-dhealaichte an cuid earbsa a chur anns an teicneòlas ùr oir gu tric cha robh an teicneòlas ag obair mar bu chòir. Fiù 's ann am Poblachd na h-Èireann, stàit a bha stèidhichte air cultar agus saoghal nan Gàidheal, cha robh am modh-obrach eadar-dhealaichte. Fichead bliadhna às dèidh fàgail nan Hiortach bha gach goireas ann do phoball ach gu mì-fhortanach cha robh Hiortaich sam bith air fhàgail chum buannachd fhaighinn bho thaic an Riaghaltais.

Tha na seachd eileanan diofraichte ann an iomadh dòigh. Tha iad air an roinn eadar dà dhùthaich. Tha Hiort air an eilean trèigte as ainmeile ann an Alba agus coltach ris tha a' Bhlascaod air an eilean as ainmeile ann an Èirinn. Tha cliù orra airson adhbharan eugsamhail ach thrèig na daoine an dà eilean san fhicheadamh linn san aon dòigh is a thrèigeadh barrachd air leth-cheud eilean eadar an dà dhùthaich san aon linn.

Tha eileanan an rannsachaidh a' riochdachadh eileanan an dà dhùthaich. Ann an eileanan na h-Alba san fharsaingeachd bha tuiteam cunbhalach air tachairt air àireamh-shluaigh nan eileanan. Ann an 1861 bha 163,00 duine a' fuireachd air eileanan na h-Alba agus bha seo air tuiteam gu 90,000 ann an 1961 (Thompson, 1970, 13). Tha seo gu math eadar-dhealaichte bho dhùthchannan coltach ris na h-Eileanan Fàro far an tàinig fàs susbainteach anns an àireamh-shluaigh anns an aon ùine. A rèir Thompson, 's e an cion-smachd a bu chuireach ris an tuiteam sa phoball: *“The failure of Scotland’s island population to maintain its numbers and to develop the resources of its islands and the seas around them can be attributed largely to the control of a remote administrative centre”* (Thompson, 1970, 13).

Ge bith dè bu choireach airson na thachair dhan phoball, nan robh toil an riaghaltais agus toil nam poball a' coimeasgachadh, bhiodh daoine fhathast a' fuireach air feadhainn de dh'eileanan an rannsachaidh.

Leabhar-Chlàr

- Aalen, F. H. 1969. *Gola: The Life and Last Days of an Island Community*. Cork: Mercier Press.
- Baines, D., 1985. *Migration in a mature economy: emigration and internal migration in England and Wales, 1861-1900*. Cambridge: Cambridge University Press.
- Breathnach, C., 2005. *The Congested Districts Board of Ireland, 1891-1923*. Four Courts Press.
- Brock, J.M. 1992. *The Importance of Emigration in Scottish Regional Population Movement, 1861-1911*. Ann an: T. M. Devine, deas. *Scottish emigration and Scottish society: proceedings of the Scottish Historical Studies Seminar, University of Strathclyde 1990-1991, d104-34*. Edinburgh: University of Strathclyde.
- Buxton, B. 1995. *Mingulay: an island and its people*. Edinburgh: Birlinn.
- Buxton, B. 2008. *The Vatersay Raiders*. Edinburgh: Birlinn.
- Cameron, E., 1996. *Land for the people?: the British government and the Scottish Highlands, c.1880-1925*. East Linton: Tuckwell Press.
- Carney, M. J., & Hayes, G. 2013. *From the Great Blasket to America: the Last Memoir by an Islander*. Cork: Collins.
- Chambers, B., Chambers, S., Buxton, B., & Powell, D. 2012. *A Window into Life on Mingulay: extracts from the school log book 1875-1910*. South Lochs, Isle of Lewis: Islands Book Trust.
- Chearnaigh, S. S. 1974. *An tOileán a Tréigeadh*. Dublin: Sáirséal & Dill.
- Committee of the Highlands and Islands, 1938. *The Highlands and Islands of Scotland: a review of the economic conditions with recommendations for improvement*. Edinburgh: Scottish Economic Committee 1938.
- Connell, R. 1887. *St Kilda and the St Kildians*. London: Hamilton, Adams.
- Devine, T. M., 1992. *Scottish emigration and Scottish society: proceedings of the Scottish Historical Studies Seminar, University of Strathclyde 1990-1991*. Edinburgh.
- Dillon, C., & MacÌomhair, C. 1995, 19mh den Ògmhìos. *Prògram Choinnich*. Faighte bho Thobar an Dualchais:

- <http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/1567/123>
- Dòmhnallach, L. 1985. *Dealan-dè*. Faighte bho Thobar an Dualchais:
<http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/24356/76>
- Duncan, A. 1995. *Hebridean: Memories of Scarp*. East Linton: Tuckwell Press.
- Ferguson, C. 1995. *Prògram Choinnich*. Faighte bho Thobar an Dualchais:
<http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/8795/17>
- Ferguson, C. 1998. *Hiort: far na laigh a' Ghrian*. Acair.
- Ferguson, C. 2000. *Prògram Choinnich*. Faighte bho Thobar an Dualchais:
<http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/24416/19>
- Fhionnlaoidh, S. 2010. *Sealóga agus Siosmaid: Gearrscéalta is Dreáchaí*.
 Dublin: Coiscéim.
- Flinn, M., 1977. Ann an: M. Flinn, deas. *Scottish population history from the 17th century to the 1930s*. Cambridge: Cambridge University Press.
- Committee of the Highlands and Islands. 1938. *The Highlands and Islands of Scotland: a review of the economic conditions with recommendations for improvement*. Edinburgh: Scottish Economic Committee 1938.
- Gillies, D. J. 2010. *The Truth About St Kilda: an Islander's Memoir*. Edinburgh: Birlinn.
- Gordon, J. 1937. Conditions of Soay. *Scots Magazine*, 173-180.
- Guinnane, T., 1997. *The Vanishing Irish: households, migration, and the rural economy in Ireland, 1850-1914*. Princeton, N.J.: Princeton University Press.
- Harman, M. 1997. *An Isle Called Hirte: History and Culture of the St Kildans to 1930*. Waternish, Isle of Skye: MacLean Press.
- Harper, M. 2011. *Scotland No More? The Scots who left Scotland in the Twentieth Century*. Luath Press
- Haswell-Smith, H. 1996. *The Scottish Islands: a comprehensive guide to every Scottish island*. Edinburgh: Canongate.
- Lawson, B. 2007. *St. Kilda: Myth & Reality*. Port of Ness, Isle of Lewis: Islands Book Trust.
- Lawson, B. 2002. *Harris: In History and Legend*. s.l.: Birlinn.
- Leah, B. 1995. Soay: The Island and Some of its Folktales, *Transactions of the Gaelic Society of Inverness Volume LVIII 1993-1994*.
- Leahy, N. 1983. *Letters from the Great Blasket*. Mercier Press.
- Mac Aulay, C., 2011. *Recordings of St Kildans in Gaelic and English from School*

- of Scottish Studies Archives*. Ann an: B. Chambers, deas. *Rewriting St. Kilda: New views on old ideas*. South Lochs, Isle of Lewis: Islands Book Trust.
- MacAulay, M. 2010. *The Prisoner of St Kilda: the true story of the unfortunate Lady Grange*. Luath Press.
- Mac Conghail, M. 1987. *The Blaskets: A Kerry Island Library*. Town House Publishing.
- Mac Fhionnlaoich, S. 1975. *O Rabharta go Mallmhuir*. Dublin: Foilseacháin Náisiúnta.
- Mac Lennan, H. D. 1992. *Dealán-Dè*. Faighte bho Thobar an Dualchais:
<http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/100396/12>
- Mac Queen, N. 1961. *Beagan mu bheatha an fhiosraiche an Hiort*. Faighte bho Thobar an Dualchais:
<http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/38948/1>
- MacDonald, C. 2010. *From Cleits to Castles: a St Kildan Looks Back/the Autobiography of Calum MacDonald*. South Lochs, Isle of Lewis: Islands Books Trust.
- MacFhearghuis, C. 1995. *Hiort: Far na Laigh a' Ghrian*. Stornoway: Acair.
- MacInnes, D. J. 1992. *Dealán-dè*. Faighte bho Thobar an Dualchais:
<http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/100395/9>
- MacInnes, D. J. 1992, April 24. *Dealán-Dè*. Faighte bho Thobar an Dualchais:
<http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/100395/11>
- MacKay, C. J. 2005. *The Island of Scarp: an Islands Book Trust event, 21 May 2005*. Coll, Isle of Lewis: Islands Book Trust.
- MacKay, D., 1996. The Congested Districts Board of Ireland and Scotland. *Northern Scotland*, 16(1), 141-173.
- MacLennan, J., & MacKay, C. J. 2001. *Place-names of Scarp*. Stornoway: Stornoway Gazette.
- MacQueen, N. 1961. *Beagan mu bheatha an fhiosraiche an Hiort*. Faighte bho Thobar an Dualchais:
<http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/38948/1>
- Meek, D., 2011. 'Eileanaich Cian a' Chuain' / 'The Remote Islanders of the Sea'? Towards a Re-examination of the Role of Church and Faith in St Kilda. In: B. Chambers, ed. *Rewriting St. Kilda: New views on old ideas*. South Lochs, Isle of Lewis: Islands Book Trust.

- Mitchell, A. 1865. Consanguineous Marriages on St Kilda. *Edinburgh Medical Journal* 10, 10mh Giblean, 899-904.
- Mórdha, M. D. 2012. *Scéal agus Dán Oilean*. Dublin: Coiscéim.
- Napier Commission, 1884. *Evidence taken by Her Majesty's Commissioners of Inquiry into the condition of the crofters and cottars in the Highlands and Islands of Scotland Volume I-V*, Edinburgh: Neill & Co
- Ní Chéilleachair, M. 2005. *Ceiliúradh an Bhlascaoid* 8. Dublin: Coiscéim.
- Ní Dhonnchadha, A. & Nic Eoin, M., 2008. *Ar an gCoigríoch: díolaim litríochta ar scéal na himirce*. Indreabhán, Conamara: Cló Iar-Chonnachta.
- Ó Cathain, G. 2014. *The Loneliest Boy in the World: the Last Child of the Great Basket*. Cork: Collins Press.
- Ó Criomhthain, S. 1969. *Lá Dar Saol*. Dublin: Oifig an tSoláthair.
- Ó Súilleabháin, Muiris. 2002. *Fiche blian ag fás*. An Daingean: An Sagart
- Quine, D. A. 1988. *St. Kilda Portraits*. Frome: Dowland Press.
- Reed, L. 2002. *The Soay of our Forefathers*. Edinburgh: Birlinn
- Robson, M. 2005. *St Kilda: church, visitors and 'natives'*. Point of Ness, Isle of Lewis: Islands Book Trust.
- Ross, J., & MacNeil, R. 1956. *Mac a' Phì Mhiughalaigh*. Faighte bho Thobar an Dualchais: <http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/7929/4>
- Seton, G. 1878. *St Kilda: Past and Present*. Edinburgh: Blackwood.
- Storey, L. 2007. *Muinntir Mhiughalaigh*. Inverness: Clàr.
- The Times*. 1953, May 30. Issue 52635, d. 7.
- Thompson, F., 1970. *St. Kilda and other Hebridean Outliers*. Newton Abbot: David & Charles.
- Tyers, D. 1993. *Basket Memories: The Life of an Irish Island Community*. Mercier Press.
- Uí Fhearraigh, M. 2008. *Gabhla - An tOileán*. Dublin: Coiscéim.
- Withers, C. W. J., 1988. *Gaelic Scotland: the transformation of a culture region*. London: Routledge.
- Withers, C. W. J. 1987. *Highland-Lowland migration and the making of the crofting community, 1755–1891*, *Scottish Geographical Magazine*, 103:2, 76-83, DOI: 10.1080/00369228718736699
- Withers, C. W. J. 1998. *Urban Highlanders: Highland–Lowland migration and urban Gaelic culture, 1700-1900*. East Linton: Tuckwell.